

**1** Toiseachd soisgeul Iosa Criosda, Mac Dhe. **2** Air reir 's mar tha e sgriobhte san fhaidh Isaias: seall, cuiridh mi m' aingeal roimh do ghnuis, a reiticheas do shlighe romhad. **3** Guth neach ag eigheach san fhasach: Reitichibh slighe an Tighearna, agus dianaibh a rathadain dìreach. **4** Bha Eoin anns an fhasach a baisteadh, 'sa searmonachadh baisteadh an aithreachais gu mathanas pheacannan. **5** Agus chaidh duthaich Iudea uile mach ga ionnsuidh, agus muinntir Ierusalem gu leir, is bhaisteadh iad leis ann an abhuinn Iordain ag aideachadh am peacannan. **6** Agus bha Eoin air eideadh le fionnadh chamhal, is crios leathair mu mheadhon; agus dh' ith e locuist is mil fhiadhaich. Agus shearmonaich e ag radh: **7** Tha fear nas cumhachdaiche na mise tighinn as mo dheigh: neach nach airidh mise air cromadh sìos is barail a bhrogan fhuasgladh. **8** Bhaist mise sibh le uisge; ach baistidh esan sibh leis an Spiorad Naomh. **9** Is thachair, gun tainig Iosa anns na laithean sin bho Nasareth Ghalile; agus bhaisteadh e le Eoin ann an abhuinn Iordan. **10** 'S air ball a dìreadh as an uisge, chunnaic e neamh fosgailte, 's an Spiorad mar chalman a tearnadh 'sa fantuinn air. **11** Agus thainig guth bho neamh: Is tusa mo Mhac gaolach, is mor mo thlachd dhiot. **12** Agus ghrad-ghreas an Spiorad e dhan fhasach. **13** Agus bha e san fhasach da-fhichead latha, agus da-fhichead oidhche; is bhuaireadh le Satan e; 's bha e comhla ris na h-ainmhidhean, agus bha na h-aingean a frithealadh dha. **14** 'S an deigh do dh' Eoin a bhith air a chuir an greim, thainig Iosa do Ghalile, a searmonachadh soisgeul rioghachd Dhe, **15** 'S ag radh: Tha 'n t-am air a choimhlionadh, 's tha rioghachd Dhe aig laimh; deanaibh aithreachas, agus creidibh san t-soisgeul. **16** 'Sa gabhail ri taobh muir Ghalile, chunnaic e Simon, agus Anndra a bhrathair, a cur lion sa mhuir (oir b' iasgairean iad.), **17** Agus thuirt Iosa riutha: Thigibh leanaibh mise, agus ni mi iasgairean dhaoine dhibh. **18** Agus ghrad dh' fhag iad na lin, is lean iad e. **19** 'Sa gabhail as a sin ceum beag air adhart, chunnaic e Seumas mac Shebede agus Eoin a bhrathair, 's iad a caradh nan lion sa bhata: **20** Agus ghairm e iad san uair. 'Sa fagail an athar

Sebede maille ris an luchd thuarasdail sa bhata, lean iad e. **21** Agus chaidh iad a stigh do Chapharnaum; agus air dha a dhol a stigh gun dail air na laithean sabaid dhan t-sinagog, theagaisg e iad. **22** Agus ghabh iad ioghnadh ri theagasg: oir bha e gan teagasg mar neach aig an robh cumhachd, 's chan ann mar na Sgriobhaich. **23** Agus bha san t-sinagog aca duine anns an robh spiorad neoghan, is dh' eigh e **24** Ag radh: Ciod an comunn eadar sinn agus thusa, Iosa bho Nasareth? An tainig thu gus ar sgrios? Is aithne dhomh co thu, Aon Naomh Dhe. **25** Is mhaoith Iosa air, ag radh: Bi samhach, agus gabh a-mach as an duine. **26** 'S an spiorad neoghan ga reubadh, 's ag eigheach le guth ard, chaidh e mach as. **27** Agus ghabh iad uile ioghnadh, ionnus gun d' fharraid iad 'nam measg fhein, ag radh: De tha so? De an teagasg ur so? oir tha e toirt orduigh le cumhachd do na spioraid neoghan fhein, agus tha iad umhail dha. **28** 'Agus sgaoil iomradh air gun dail feadh duthaich Ghalile uile. **29** 'Sa dol a mach air ball as an t-sinagog, thainig iad maille ri Seumas is Eoin gu tigh Shimoin is Anndra. **30** Agus bha mathair-cheile Shimoin 'na laidhe ann am fiabhras; agus dh 'innis iad dha gun dail mu deidhinn. **31** Agus thainig e, 'sa breith air laimh oirre thog e i is ghrad-dh' fhag am fiabhras i, agus fhreasdail i dhaibh. **32** 'S nuair thainig am feasgar, 'sa chaidh a ghrian fodha, thug iad ga ionnsuidh iadsan uile a bha easlainteach, agus anns an robh deomhan. **33** 'S bha am baile uile air cruinneachadh aig an dorus. **34** Agus leighis e moran, a bha air an leireadh le iomadh gne ghalar, agus thilg e mach moran dheomhan, 's cha do leig e leo labhairt, a chionn 's gum b' aithne dhaibh e. **35** 'S ag eirigh ro-mhoch, 'sa dol a mach, chaidh e gu aite fas; is rinn e urnaigh an sin. **36** Agus lean Simon e, agus iadsan a bha comhla ris. **37** 'S nuair a fhuair iad e, thuirt iad ris: Tha iad uile gad shireadh. **38** Is thuirt e riutha: rachamaid dha na bailtean sa choimhearsnachd, gus an searmonaich mi an sin cuideachd: 's gur ann air son so a thainig mi. **39** 'S bha e teagasg 'nan sinagogan, 's feadh Ghalile uile, 'sa tilgeadh a-mach dheomhan. **40** Agus thainig lobhar ga ionnsuidh, a guidhe air; 'sa tuiteam air a ghluinean, thuirt e ris: Ma 's aill leat, is urrainn dhut mo ghlanadh. **41** 'Sa gabhail truais ris, shin Iosa a lamh, 'sa beantuinn dha, thuirt e ris : Is aill leam: bi glan. **42** 'S nuair thuirt e so,

ghrad-dh' fhag an luibhre e, agus bha e air a ghlanadh. **43** 'S thug e sparradh cruaidh dha, agus leig e air falbh e gun dail; **44** 'S thuirt e ris: Fiach nach innis thu do neach sam bith : ach falbh, fiach thu fhein don ard-shagart, agus tairg air son do ghlanaidh na nithean a dh' orduich Maois, mar theisteanas dhaibh. **45** Ach air dhasan a dhol a mach, thoisich e ri innse, 's ri sgaoileadh an sgeoil; air chor 's nach b' urrainn dha a nis a dhol a stigh don bhaile gu follaiseach, ach dh' fhuirich e a mach ann an aiteachan fas, agus chrunnaich iad as gach aite ga ionnsuidh.

## 2

**1** Agus thill e gu Capharnaum an ceann beagan laithean, agus chualas gun robh e aig an tigh. **2** Agus chruinnich na h-uimhir, 's nach robh aite aca eadhon timcheall an dorais, is labhair e am facal riutha. **3** Agus thainig iad ga ionnsuidh a toirt leo duine, air an robh am pairilis, air a ghiulan le ceathrar. **4** 'Sa chionns nach b' urrainn dhaibh a chur 'na lathair le domhlachd an t-sluaigh, ruisg iad mullach an tighe far an robh e; 'S air dhaibh fosgladh a dhianamh, leig iad sios an leaba air an robh fear na crithe 'na laidhe. **5** 'S nuair chunnaic Iosa an creideamh, thuirt e ri fear na crithe: A mhic, tha do pheacannan mathte dhut. **6** Ach bha cuid de na Sgriobhaich 'nan suidhe an sin, 'sa smaoineachadh 'nan cridheachan: **7** Carson a tha e a bruidhinn mar so? tha e labhairt blaisbheum. Co is urrainn peacannan a mhathadh, ach Dia 'na aonar? **8** Dh' aithnich Iosa san uair 'na spiorad fhein gun robh iad a smaoineachadh so aca fhein, is thuirt e riutha : Carson tha sibh a smaoineachadh nan nithean sin 'nur cridheachan? **9** Co dhiu is fhasa radh ri fear na crithe: Tha do pheacannan mathte dhut; no radh: Eirich, tog do leaba, agus coisich? **10** Ach los fios a bhith agaibh gu bheil comas aig Mac an duine peacannan a mhathadh air talamh (thuirt e ri fear na crithe,) **11** Tha mi ag radh riut: Eirich, tog do leaba, agus falbh dhachaigh. **12** Agus ghrad-dh' eirich e: 'sa togail a leaba, dh' fhalbh e 'nam fianuis uile; air chors gun do ghabh iad ioghnadh air fad, 's thug iad gloir do Dhia, ag radh: Chan fhaca sinn riamh a leithid so. **13** Is chaidh e mach a-rithist gu taobh na mara; agus thainig an sluagh uile ga ionnsuidh, is

theagaisg e iad. **14** 'S nuair a bha e gabhail seachad, chunnaic e Lebhi Mac Alpheuis 'na shuidhe an tigh na cise, is thuir e ris: Lean mise. 'S ag eirigh, lean e e. **15** Agus thachair, nuair a bha e 'na shuidhe aig biadh 'na thigh-san, gun do shuidh moran chismhaor is pheacach maille ri Iosa agus a dheisciopuil: oir bha moran ann, a lean e. **16** Agus na Sgriobhaich 's na Phairisich a faicinn gun robh e ag ithe comhla ri cismhaoir agus peacaich, thuir iad ri dheisciopuil: Carson a tha ur maighistir ag ithe 's ag ol comhla ri cismhaoir agus peacaich? **17** Air do Iosa so a chluinntinn, thuir e riutha: Chan eil feum aig daoine slana air lighich, ach aig daoine tinne: oir cha tainig mi a ghairm nan naomh ach nam peacach. **18** Agus bha deisciopuil Eoin 's nam Phairiseach a trasgadh; agus thainig iad, is thuir iad ris: Carson tha deisciopuil Eoin 's nan Phairiseach ri traisg, agus nach eil na deisciopuil agadsa ri traisg? **19** Is thuir Iosa riutha: An urrainn clann na bainnse trasgadh, fhad sa bhitheas fear-na-bainnse comhla riutha? Fhad sa bhitheas fear-na-bainnse comhla riutha, chan urrainn dhaibh trasgadh. **20** Ach thig na laithean anns an toirear bhuatha fear-na-bainnse: agus an sin ni iad traisg anns na laithean sin. **21** Chan fhuaghail duine sam bith breid de dh' aodach ur air seann eideadh: air-neo bheir am breid ur a liad fhein as an t-seann aodach, is bithidh an stracadh nas mua. **22** Agus cha chuir duine sam bith fion ur ann an seann searragan: air-neo sgainidh am fion na searragan, is doirtear am fion, agus caillear na searragan: ach is coir fion ur a chur an searragan ura. **23** Is thachair a rithist, nuair a bha an Tighearna triall tro achaidhean arbhair air an t-sabaid, gun do theann a dheisciopuil, 's iad a gabhail air adhart, ri spioladh dhias. **24** Is thuir na Phairisich ris: Seall, carson tha iad a dianamh air latha na sabaid ni nach eil ceadaichte? **25** Is thuir e riutha: Nach do leugh sibh riamh, ciod a rinn Daibhidh, nuair a bha e feumach 's air acras, e fhein agus iadsan a bha cuideris? **26** Mar a chaidh e stigh do thigh Dhe ri linn Abiathair an t-ard-shagart, agus dh' ith e an t-aran-tairgse, nach robh ceadaichte itheadh, ach do na sagairt, agus thug e dhaibhsan a bha comhla ris ? **27** Is thuir e riutha: Rinneadh an t-sabaid air son an duine, 's chan e an duine air son na sabaid. **28** Mar sin se Mac an duine Tighearna na sabaid fhein.

**1** Is chaidh e stigh a-rithist dhan t-sinagog, agus bha fear an sin aig an robh lamh sheargte. **2** Agus bha suil aca air, fiach an dianadh e leigheas air latha sabaid; los cuis dhitidh fhaighinn 'na aghaidh. **3** Agus thuirt e ris an duine aig an robh an lamh sheargte: Seas suas sa mhiadhon. **4** Is thuirt e riutha: A bheil e laghail math a dhianamh air na laithean sabaid, no olc? beatha a thiarnadh, no cur as dhi? Ach bha iadsan 'nan tosd. **5** 'S ag amharc orra mun cuairt le feirg 's le duilichinn air son doille an cridhe, thuirt e ris an duine: Sin a mach do lamh. Agus shin e i: is rinneadh slan a lamh dha. **6** 'S na Phairisich a dol a mach, ghabh iad comhairle san uair cuide ris na Herodianich na aghaidh, fiach ciamar a chuireadh iad as dha. **7** Ach chaidh Iosa maille ri dheisciopuil a lethtaobh thun na mara; agus lean moran sluaigh e bho Ghalile 's bho Iudea, **8** Agus bho Ierusalem, agus bho Idumea, 'S bho thaobh thall Iordain; is iadsan mu thimchioll Thiruis agus Shidoin, cuideachda mhor, 's iad air cluinntinn nan nithean a rinn e, thainig iad ga ionnsuidh. **9** Agus thuirt e ri dheisciopuil, bata beag a bhith ga fhreasdal as leth an sluaigh, eagal gun domhlaicheadh iad e. **10** Oir leighis e moran, air chor 's gun do bhruchd iad ga ionnsuidh gu beantuinn dha, a mhiad 'sa bha easlainteach. **11** 'S nuair a chunnaic na spioraid neoghlán e, thuit iad sìos air a bhialaobh: agus dheigh iad, ag radh: **12** Is tusa Mac Dhe. Is mhaoith e gu fuathasach orra, gun iad ga dhianamh follaiseach. **13** 'Sa dol suas gu beinn, ghairm e h-uige an fheadhainn a b' aill leis fhein; agus thainig iad ga ionnsuidh. **14** Agus roghnaich e gum biodh da fhear dhiag maille ris; agus gun cuireadh e a theagasg iad. **15** Is thug e comas dhaibh tinneasan a leigheas, agus deomhain a thilgeadh a mach. **16** Agus thug e Peadar mar ainm air Simon: **17** Agus Seumas Shebede, agus Eoin, brathair Sheumais, is thug e Boanerges mar ainm orra, se sin, mic an tairneanaich: **18** Agus Anndra, agus Philip, agus Bartholome, agus Matu, agus Tomas, agus Seumas Alpheuis, agus Thadeus, agus Simon, an Cananeach, **19** Agus Iudas Iscariot, esan mar an ciadna a bhrath e. **20** Is thainig iad gu tigh; agus chruinnich an sluaigh a rithist, air chor 's nach b urrainn dhaibh urad agus aran ithe. **21** S nuair a

chuala a chairdean so, chaidh iad a bhreith air; oir thuir iad: Gun do ghabh e an caothach. **22** Is thuir na Sgrìobhaich, a thainig a nuas a Ierusalem: Tha Beelsebub aige, 's gur ann le prionnsa nan deomhan a tha e tilgeadh a mach dheomhan. **23** 'S an deigh an gairm ri cheile, thuir e riutha ann an dubhfhacail: Ciamar is urrainn Satan Satan a thilgeadh a mach? **24** Agus ma bhios rioghachd air a roinn na h-aghaidh fhein, chan urrainn dhan rioghachd sin seasamh. **25** Agus ma bhios tigh air a roinn 'na aghaidh fhein, chan urrainn dhan tigh sin seasamh. **26** 'S ma tha Satan air eirigh 'na aghaidh fhein, tha e roinnt, 's chan urrainn dha seasamh, ach tha crìoch air. **27** Chan urrainn do neach sam bith a dhol a stigh do thigh duine laidir, agus airneas a spuilleadh, mur ceangal e an toiseach an duine laidir, agus an sin creachaidh e a thigh. **28** Gu fìrinneach tha mi ag radh ribh, gum mathar do chlann-daoine a h-uile peacadh, agus na blaisbheuman leis an toir iad toibheum: **29** Ach esan a their blaisbheum an aghaidh an Spioraid Naoimh, chan fhaigh e mathanas a chaoidh, ach bithidh e ciontach am peacadh sìorruidh. **30** Chionn gun robh iad ag radh: Tha spiorad neoghlàn aige. **31** Is thainig a mhathair 'sa bhraithrean; 's nan seasamh a muigh, chuir iad ga shireadh. **32** Agus bha an sluagh nan suidhe mun cuairt air; is thuir iad ris: Faic tha do mhathair 's do bhraithrean a muigh gad iarraidh. **33** Agus gam freagairt thuir e: Co i mo mhathair, agus co iad mo bhraithrean? **34** 'S ag amharc mun cuairt orrasan, a bha 'nan suidhe mu thimcheall, thuir e: Seall mo mhathair, agus mo bhraithrean. **35** Oir is esan, a ni toil Dhe, mo bhrathair, agus mo phiuthar, agus mo mhathair.

#### 4

**1** Agus thoisich e rithist ri teagasg aig taobh na mara; is chrùnnaich moran sluaigh ga ionnsuidh, air chor gun deachaidh e air bord bata 's gun do shuidh e sa bhata air a mhuir, agus bha an sluagh uile ri taobh na mara air tìr; **2** Agus theagasg e moran nithean dhaibh an dubhfhacail, is thuir e riutha 'na theagasg: **3** Eisdibh: Seall chaidh fear-cuir a mach a chur. **4** 'S nuair a bha e cur, thuit cuid ri taobh an rathaid agus thainig eoin an athair,

agus dh' ith iad e. **5** Agus thuit cuid eile air talamh creagach, far nach robh moran uire aige: 'S ghrad-dh' fhas e, chionn nach robh doimhneachd fuinn aige: **6** 'S nuair a dh' eirich a ghrian, shearg e; 's bho nach robh friamh aige, shearg e as. **7** Agus thuit cuid eile dheth am measg dhreaghan; agus dh' fhas an dreaghan suas, is thachd e e, agus cha tug e mach toradh. **8** Agus thuit cuid eile air talamh math; agus dh' fhas e suas, is chinnich e, agus thug e bhuaithe toradh, cuid deich thar fhichead, cuid tri fichead, agus cuid ciad fillte. **9** Is thuirte e: Esan aig a bheil cluasan gu cluinntinn, cluinneadh e. **10** Agus nuair a bha e leis fhein, dh' fhaighnich na dha dhiag, a bha comhla ris, an dubhfhacal dheth. **11** Is thuirte e riutha: Thugadh dhuibhse eolas air run -diomhair rioghachd Dhe: ach dhaibhsan, a tha muigh, nithear a h-uile ni ann an dubhfhacail, **12** Air chor 'sa faicinn gum faiceadh iad, 's nach bu leir dhaibh; 'sa cluinntinn gun cluinneadh iad, 's nach tuigeadh iad: eagal gun tionndaidh iad uair sam bith, 's gum mathte dhaibh am peacannan. **13** Is thuirte e riutha: Nach tuig sibh an dubhfhacal so? agus ciamar a thuigeas sibh a h-uile dubhfhacal? **14** Esan a tha cur, tha e cur an fhacail. **15** Agus is iadsan ri taobh an rathaid, far na chuireadh am facal, an fheadhainn nach luaithe chluinneas iad e, na thig Satan, is togaidh e air falbh am facal a chuireadh nan cridheachan. **16** Agus is iadsan mar an ciadna, a chuireadh anns an talamh chreagach, an fheadhainn, an deigh dhaibh eisdeachd ris an fhacal, a ghrad-ghlac e le aoibhneas: **17** 'S chan eil friamh aca unnta fhein, agus cha mhair iad fada; nuair a dh' eireas trioblaid agus geur leanmhuinn air son an fhacail, tha iad a tuiteam air falbh. **18** Agus tha feadhainn eile ann, a tha air an cur am measg dhreaghan; 'siad sin iadsan a dh' eisdeas ris an fhacal **19** Ach tha iomaguin an t-saoghail, agus mealltaireachd beartais, agus sannt air nithean eile a dol a stigh 'sa tachdadh an fhacail, agus ga fhagail gun toradh. **20** Agus an fheadhainn a chuireadh air talamh math, 's iad sin iadsan a dh' eisdeas ris an fhacal, 'sa ghlacas e, sa bheir a mach toradh, cuid deich thar fhichead, cuid tri fichead, cuid ciad fillte. **21** Is thuirte e riutha: An toirear coinneal, gus a cur fo shaghach, no fo leabaidh? nach ann gus a cur an coinnleir? **22** Oir chan eil ni am falach, nach toirear am follais; 's cha d' rinneadh ni an uaigneas, ach los gun nochdar e. **23** Ma tha cluasan aig duine sam bith gu cluinntinn,

cluinnadh e. **24** Is thuirte riutha: Thugaibh an aire dhan rud a chluinneas sibh. Leis an tomhas leis na thomhais sibh, toimhsear dhuibh air ais, agus cuirear tuilleadh ris dhuibh. **25** Oir dhan neach aig a bheil, bheirear: agus bhon neach aig nach eil bheirear an ni sin fhein a th' aige bhuaithe. **26** Is thuirte e: Mar so tha rioghachd Dhe mar gun tilgeadh duine siol anns an talamh, **27** 'S gun caidleadh e, 's gun eireadh e a dh' oidhche 'sa latha, 'S gum fasadh an siol, 's gum cinneadh e gun fhios dha. **28** Oir bheir an talamh a mach toradh leis fhein, an toiseach an duilleag, an sin an dias, a rithist an grainnean lan anns an deis. **29** 'S nuair a tha 'n toradh abaich, cuiridh e an corran ris gun dail, bho na tha am foghar air tighinn. **30** Is thuirte e: Co ris a shamhlaicheas sinn rioghachd Dhe? no ciod an dubhfhacal ris an cuir sinn an coimeas i? **31** Tha i coltach ri grainne de shiol mustaird, nuair a chuirear san talamh i, is lugha i den h-uile siol a tha air thalamh: **32** 'S an deigh a cur, fasaidd i suas, is cinnidh i nas mua na h-uile luibh, is cuiridh i mach geugan mora, agus faodaidh eoin an athair tamh fo 'sgaile. **33** Agus le iomadh dubhfhacal den leithidean so, labhair e riutha am facal, air reir 's mar b' urrainn dhaibh eisdeachd: **34** Agus gun dubhfhacal cha do labhair e riutha: ach a lethtaobh mhinich e a h-uile ni dha dheisciopuil. **35** Is thuirte e riutha an latha sin fhein, nuair thainig am feasgar: Rachamaid null thun an taoibh eile. **36** 'Sa cur air falbh an t-sluaigh, ghabh iad e stigh don eathar mar a bha e; is bha eathraichean eile comhla ris. **37** Agus dh' eirich stoirm mhor ghaoithe, agus thaom i na tuinn a stigh don eathar, air chor 's gun robh an t-eathar a lionadh. **38** Agus bha esan an deireadh an eathair 'na chadal air clusaig; agus dhuisg iad e, is thuirte iad ris: A Mhaighistir, nach eil umhail agad gu bheil sinn a dol a dhith? **39** 'S ag eirigh chronaich e a ghaoth, 's thuirte e ris a mhuir: Gabh fois, bi samhach. Is laidh a ghaoth; agus thainig fiath mor. **40** Is thuirte e riutha: Carson a tha eagal oirbh? Nach eil creideamh agaibh fhathast? Agus ghabh iad eagal mor; is thuirte iad ri cheile: **41** Co, a shaoileas tu, is e, chionn tha ghaoth agus a mhuir umhail dha?



**1** Agus thainig iad thairis air a chaolas mhara gu duthaich nan Geresach. **2** 'Sa dol a mach as an eathar, ghrad-choinnich fear e a tighinn a mach as na h-uaighean anns an robh spiorad neoghlan, **3** Aig an robh a chomhnaidh anns na h-uaighean, 's cha b' urrainn do dhuine sam bith a cheangal a nis, eadhon le slabhruidhean: **4** Oir ged chaidh a cheangal gu tric le cuibhrichean, 's le slabhruidhean, bhris e na slabhruidhean, 's bhruan e na cuibhrichean, agus cha burrainn do dhuine sam bith a cheannsachadh. **5** Is bha e daonnan a latha sa dh' oidhche anns na h-uaighean agus anns na beanntan, ag eigheach, 's ga bhruthadh fhein le clachan. **6** 'Sa faicinn Iosa fad as, ruith e, 's thug e aoradh dha; **7** 'S ag eigheach le guth ard, thuirt e: Ciod mo ghnathach-sa riut, Iosa Mhic an De is airde? guidheam ort as leth Dhe, nach pian thu mi. **8** Oir thuirt e ris: Gabh a mach as an duine, a spioraid neoghlan. **9** Agus dh' fhaighnich e dheth: De t-ainm tha ort? Is thuirt e ris: Se Legion m' ainm, oir is moran sinn. **10** Is ghrios e gu cruaidh air, nach fogradh e mach as an duthaich e. **11** Agus bha an sin mun bheinn treud mhor mhuc ag ionaltradh. **12** Agus ghuidh na spioraid air, ag radh: Cuir thun nam muc sinn, los gun teid sinn a stigh unnta, **13** Agus thug Iosa cead dhaibh san uair. Thainig na spioraid neoghlan a mach agus chaidh iad a stigh dha na mucan; is chaidh an treud, a bha mu dha mhile, 'nan deann-ruith an comhair an cinn dhan mhuir, agus bhathadh sa mhuir iad. **14** Agus theich an fheadhainn a bha gam biadhadh, is dh' innis iad e sa bhaile, is feadh na duthcha. Agus chaidh iad a mach a dh' fhaicinn ciod a thachair **15** Is thainig iad gu Iosa, agus chunnaic iad esan, a bha air a sharachadh leis an deomhan, 'na shuidhe agus aodach uime, agus 'na lan chiall; is ghabh iad eagal. **16** Agus dh' innis iadsan, a chunnaic e, dhaibh mar a rinneadh airesan anns an robh an deomhan, agus mu dheidhinn nam muc. **17** Agus thoisich iad ri guidhe air, falbh as an criochan. **18** 'S nuair a bha e a dol a stigh dhan bhata, thoisich am fear, a bha air a phianadh leis an deomhan, ri guidh' air a leigeil comhla ris: **19** Ach cha do leig e leis, 's ann a thuirt e ris: Falbh dhachaigh gud chairdean, is innis na rinn an Tighearna dhut, 's mar a ghabh e truas riut. **20** Is dh' fhalbh e, agus thoisich e ri innse ann an Decapolis na rinn Iosa dha; agus ghabh iad uile ioghnadh. **21** 'S nuair a thill Iosa a rithist chon an taobh eile sa bhata,

chrinnaich moran sluaigh ga ionnsuidh, agus bha e teann air a mhuir. **22** Agus thainig fear de dh' uachdrain an t-sinagoig, dham b' ainm Iairus; 's ga fhaicinn, thuit e sios aig a chasan, **23** Agus ghuidh' e gu cruaidh air, ag radh: Tha mo nighean ri uchd bais, thig, cuir do lamh oirre, los gun leighisear i, 's gum bi i beo. **24** Is dh' fhalbh e comhla ris, agus lean cuideachda mhor e, is bha iad a domhlachadh mun cuairt air. **25** Agus boirionnach, air an robh siubhal-fala fad da bhliadhna dhiag, **26** 'S a dh' fhuilig moran bho iomadh lighich, 'sa chosg a cuid uile, 's nach deach dad am feobhas, ach an aite sin a dh'fhas nas miosa. **27** A cluinntinn mu Iosa, thainig i, am measg an t-sluaigh, air a chulaobh, agus bhean i dha eideadh; **28** Oir thuir i: Ged nach dian mi ach beantuinn dha aodach, bithidh mi slan. **29** Is thiormaich san uair a siubhal-fala, agus dh' fhairich i air a coluinn gun robh a h- eucail air a leigheis. **30** Agus dh' aithnich Iosa sa cheart uair ann fhein, gun deach feartan a mach bhuaithe, agus thionndaidh e ris an t-sluagh, is thuir e: Co bhean dham eideadh? **31** Is thuir a dheisciopuil ris: Tha thu faicinn domhlachd an t-sluaigh 's an abair thu: Co bhean dhomh? **32** Agus sheall e mun cuairt a dh' fhaicinn na te a rinn so. **33** Ach am biorionnach a tuigsinn na rinneadh innte, thainig i fo fhiamh 's air chrith, agus thuit i sios air a bhialaobh, is dh' innis i dha an fhirinn gu leir. **34** Is thuir esan rithe: A nighean, rinn do chreideamh slan thu: falbh ann an sith, is bi air do leigheas bho d' eucail. **35** Nuair a bha e fhathast a labhairt, thainig feadhainn bho riaghladair an t-sinagoig, ag radh: Chaochail do nighean: carson a tha thu cur tuilleadh dragh air a mhaighistir? **36** Nuair a chuala Iosa an comhradh a bh'aca, thuir e ri riaghladair an t-sinagoig: Na gabh eagal: ach a mhain creid. **37** 'S cha do leig e le duine sam bith a leantuinn, ach Peadar, agus Seumas, agus Eoin, brathair Sheumais. **38** Is rainig iad tigh riaghladair an t-sinagoig, agus chuinnic e an iomairt, is slugh a gal, 'sa caoidh gu goirt. **39** 'Sa dol a stigh, thuir e riutha: Carson tha sibh fo bhruaillean, sa gal? chan eil an nighean marbh, ach na cadal. **40** Is rinn iad gaire fanaid air. Ach chuir esan a mach iad uile, agus thug e leis athair is mathair na h-ighinn, is iadsan a bha comhla ris, agus chaidh e a stigh far an robh an nighean 'na laidhe. **41** 'Sa breith air laimh na h-ighinn, thuir e rithe: Talitha cum, se sin air eadar-

theangachadh : A nighean (tha mu ag radh riut), eirich. **42** Is dh' eirich an nighean san uair, is choisich i, oir bha i da bhliadhna dhiag a dh' aois. Agus b' anabarrach an t-iognadh a ghabh iad. **43** Is sparr e gu cruaidh orra, gun neach sam bith fios fhaighinn air an so; agus dh' iarr e orra rudeigin a thoirt dhi ri itheadh.

## 6

**1** Is dh'fhalbh e as a sin, agus chaidh e gu dhuthaich fhein; is lean a dheisciopuil e; **2** Agus nuair thainig an t-sabaid, thoisich e ri teagasg san t-sinagog; is ghabh moran a bha ga eisdeachd iognadh ri theagag ag radh: Co as an tainig na tha aig an duine so? agus de an gliocas a tha air a thoirt dha: 's na gnìomhan cho euchdail, a th' air an dianamh le lamhan? **3** Nach e so an saor, mac Moire, brathair Sheumais, is Ioseiph, is Iuda, is Shimoin? nach eil a pheathraichean an so maille ruinn? Agus ghabh iad sgainneal as. **4** Is thuirt Iosa riutha: Chan eil faidh gun onair ach 'na dhuthaich fhein, agus 'na thigh fhein, 's am measg a chairdean fhein. **5** Agus cha burrainn dha miarailt sam bith a dhianamh an sin, ach a mhain gun do leighis e beagan de dhaoine tinne le a lamhan a leagail orra; **6** Is ghabh e iognadh rin cion creidimh, agus dh' imich e feadh nam bailtean mun cuairt a teagasg. **7** Agus ghairm e na dha dhiag: is thoisich e air an cur air falbh lion dithis is dithis, agus thug e cumhachd dhaibh thairis air spioradan neoghan. **8** Is dh'aithn e orra gun dad a thoirt leo air an rathad, ach bata a mhain: gun mhala, gun aran, gun airgiod 'nan sporan, **9** Ach cuarain air a chasan, 's gun da chota a chur orra. **10** Is thuirt e riutha: Ge be aite san teid sibh a stigh do thigh, fanaibh ann, gus am falbh sibh as a sin. **11** Agus aite sam bith nach gabh ribh, 's nach eisd ribh, a falbh as a sin, crathaibh an duslach dher casan mar fhianais 'nan aghaidh. **12** 'Sa gabhail a mach, shearmonaich iad gun fheumar aithreachas a dheanamh. **13** Agus thilg iad a mach moran dheomhan, is dh' ung iad le ola moran dhaoine tinne, agus leighis iad iad. **14** Agus chuala rìgh Herod (Oir rinneadh 'ainm Iosa follaiseach), is thuirt e: Dh' eirich Eoin Baistidh bho na mairbh: 's air an aobhar sin tha feartan gan oibreachadh leis. **15** Ach thuirt

feadhainn eile: Se Elias a th' ann. Is thuirte cuid eile: Se faidh th' ann, mar aon de na faidhean a bh'ann bho shean. **16** Air do Herod so a chluinntinn, thuirte e: Se Eoin, dhen tug mise an ceann, a th' ann, dh' eirich e bho na mairbh. **17** Oir chuir Herod fhein a mach is ghlac e Eoin, agus cheangal e am prìosan e as leth Herodias, bean a bhrathar Philip, chionn gun do phos e i. **18** Oir thuirte Eoin ri Herod: Chan eil e laghail dhut bean do bhrathar a bhith agad. **19** Agus bha Herodias le droch run na aghaidh, agus bha toil aice a mharbhadh, ach cha b' urrainn dhi. **20** Oir bha eagal aig Herod roimh Eoin, a tuigsinn gun robh e 'na dhuine ceart agus naomh: agus ghleidh e sabhailte e, agus air dha eisdeachd ris, bhiodh e fo iomagain, ach dh' eisdeadh e ris gu toileach. **21** Agus nuair a thainig latha freagrach, rinn Herod suipeir, airson latha bhreith, do dh' uaislean, 's do cheannardan, 's do mhaithean Ghalile. **22** 'S nuair a thainig nighean Herodias so a stigh, 'sa dhanns i, 'sa thaitinn i ri Herod, agus riuthasan a bha aig bord comhla ris, thuirte an rìgh ris a chailin: iarr orm nas aill leat, is bheir mi dhut e: **23** Agus mhionnaich e dhi: Ge be ni a dhiarras tu bheir mi dhut e, ged a b'e leth mo rioghachd. **24** Nuair chaidh i mach, thuirte i ri mathair: De a dh' iarras mi? ach thuirte ise: Ceann Eoin Baistidh. **25** 'S air dhi tighinn a stigh le cabhaig san uair thun an rìgh, dh' iarr i, ag radh: Is aill leam gun toir thu dhomh san uair ceann Eoin Baiste air meis. **26** Agus bha 'n rìgh ro-dhuilich: ach as leth a mhionnan, s air son na feadhnach a bh' aig bord maille ris, cha b' aill leis miotlachd a chur oirre: **27** 'Sa cur sleagh-fhear bhuaithe, dh' orduich e a cheann a thoirt a stigh air meis. Is thug e an ceann dheth sa phrìosan, **28** Agus thug e leis a cheann air meis, 's thug e don chailin e; agus thug a chailin dha mathair e. **29** Nuair chuala a dheisciopuil so, thainig iad, 's thug iad leo a chorp, agus chuir iad ann an uaigh e. **30** Is chruinnich na h-ostail gu Iosa, agus dh' innis iad dha a h-uile ni, a bha iad air dianamh, 's air teagasg. **31** Is thuirte e riutha: Thigibh a lethtaobh gu aite fas, agus leigibh ur n-anail airson beagan uine. Oir bha iad lionor an fheadhainn a bha tighinn 'sa dol; agus cha robh uine aca air biadh fhein a ghabhail. **32** 'Sa gabhail a stigh do bhata, chaidh iad a lethtaobh gu aite fas. **33** Agus chunnacas iad a falbh, 's bha fios aig moran air; sa falbh air an cois as na bailtean uile, ruith iad an sin, agus bha iad

rompa. **34** 'Sa dol air tir, chunnaic Iosa sluagh mor: agus ghabh e truas riutha, a chionn gun robh iad mar chaoraich gun bhuachaille, agus thoisich e ri moran a theagasg dhaibh. **35** Agus nuair a bha nis a mhor chuid dhan latha seachad, thainig a dheisciopuil ga ionnsuidh, ag radh : Is fasach an t-aite so, 's tha 'n uair a nis air ruith **36** Leig air falbh iad, los a dol do na tighean duthcha 's do na bailtean is fhaisge orra gun ceannaich iad biadh dhaibh fhein a dh' itheas iad. **37** Agus fhreagair e iad, ag radh: Thugaibh fhein biadh dhaibh ri ithe. Is thuirt iad ris: An rachamaid a cheannach luach da chiad sgilinn de dh' aran a bheir sinn dhaibh ri ithe? **38** Is thuirt e riutha: Co miad bonnach-arain a thagaibh? siubhlaibh a dh' fhaicinn. Agus nuair a fhuair iad mach, thuirt iad: Coig, 's da iasg. **39** Agus dh' orduich e dhaibh a thoirt orra suidhe uile nam buidhnean air an fhiar ghorm. **40** Is shuidh iad sios 'nan cuideachdan chiadan agus leth-chiadan. **41** 'Sa glacadh na coig bonnach-arain, 's an da iasg, 's ag amharc suas gu neamh, bheannaich e, is bhris e na bonnach, agus thug e iad dha dheisciopuil, gus an cur air am bialaobh; agus roinn e an da iasg orra uile. **42** Is dhith iad uile, agus riarachadh iad. **43** Is thog iad lan da chliabh dhiag de spruileach, 's de dhiasg. **44** Agus b' e aireamh na feadhnach, a dh' ith, coig mile fear. **45** 'S air ball thug e air a dheisciopuil a dhol a stigh do bhata, gus iad a dhol roimhe thar a chaol gu Bethsaida, fhad 'sa bhiodh e fhein a sgaoileadh an t-sluaigh. **46** Agus nuair a sgaoil e iad, chaidh e suas do bheinn a ghabhail urnaigh. **47** 'S nuair a bha an t-anmoch ann bha am bata am miadhon na fairge, agus esan leis fhein air tir. **48** 'Sa faicinn gun robh iad air an sarachadh ag iomradh (oir bha ghaoth nan aghaidh), thainig e mun cheathramh faire den oidhche gan ionnsuidh, a coiseachd air a mhuir; agus bha toil aige dhol seachad orra. **49** Ach iadsan ga fhaicinn a coiseachd air a mhuir, shaoil iad gur e manadh a bh'ann, agus glaodh iad. **50** Oir chunnaic iad uile e, agus gabh iad eagal mor. Agus ghrad-labhair e, is thuirt e riutha: Biodh misneach agaibh: Is mise thann, na biodh eagal oirbh. **51** Agus chaidh e dhan bhata comhla riutha, agus laidh a ghaoth. Agus bha uamhas mhor orra. **52** Oir cha do thuig iad mu na bonnach-arain: oir bha an cridhe air a chruadhachadh. **53** Agus nuair dh' aisig iad thairis, thainig iad gu talamh Ghenesareth, is tharruinn iad gu tir. **54** 'S

nuair thainig iad as a bhata, dh' aithnich iad e san uair: **55** Sa ruith feadh na duthcha sin uile, thoisich iad air an fheadhainn a bha tinn a ghiulan mun cuairt air leabaidhean far an cuala iad esan a bhith. **56** Agus aite sam bith air an tadhaladh e air cathraichean, bailtean no duthaich, bha iad a cur nan daoine tinn air na straidean, 's a guid' air gum faodadh iad a mhain beantuinn do dh'iomall aodaich: 'sa mhiad 's bhean dha, rinneadh slan iad.

## 7

**1** Agus thainig na Phairisich ga ionnsuidh, is cuid dhe na Sgriobhaich bho Ierusalem. **2** Agus nuair a chunnaic iad cuid dhe dheisciopuil ag ithe arain le lamhan cumanta, se sin, gun an nighe, fhuair iad coire dhaibh. **3** Oir chan ith na Phairisich, agus na h-Iudhaich uile biadh, mur nigh iad an lamhan gu tric, a leantuinn beul-aithris nan seanairean. **4** Agus ma thig iad bhon mhargadh, chan ith iad gun ionnlad; 's tha iomadh ni eile ann, a tha air an orduchadh dhaibh a chumail, mar tha nighe chupaichean, is phoitean, is shoitheachan praise. **5** Agus dh' fharraid na Phairisich 's na Sgriobhaich dheth: Carson nach eil do dheisciopuil a leantuinn beul-aithris nan seanairean, ach ag ithe arain le lamhan gun nighe? **6** Ach esan a freagairt, thuirt e riutha: Is math a dh' fhaisnich Isaias mur deidhinn, a chealgairean, mar tha e sgriobhte: Tha 'm pobull so toirt urraim dhomhsa lem bilean: ach tha an cridhe fada bhuan. **7** Agus is faoin dhaibh a bhith toirt aoraidh dhomhsa, 's iad a teasgasg puingean is orduighean dhaoine. **8** Oir a fagail fainte Dhe, tha sibh a cumail beul-aithris dhaoine, mar tha nighe phoitean, is chupaichean; agus moran nithean eile den leithidean sin tha sibh a dianamh. **9** Is thuirt e riutha: Is math tha sibh a cur fainte Dhe air chul, gus ur beul-aithris fhein a chumail. **10** Oir thuirt Maois: Thoir onair dhad athair is dhad mhathair; agus: Am fear a mhollaicheas athair no mhathair, a basachadh basaicheadh e. **11** Ach tha sibhse ag radh: Ma their duine ri 'athair no ri mhathair corban sam bith (Se sin tobhartas) bhuamsa, thig e gu buannachd dhutsa **12** Agus thar sin cha leig sibh leis dad a dhianamh dha athair, no dha mhathair, **13** Mar sin, a cur facal Dhe air chul le ur bial-aithris fhein, a tha sibh a cumail a dol, agus tha sibh a

dianamh iomadh ni eile coltach riutha sin. **14** 'Sa gairm a rithist an t-sluaigh ga ionnsuidh, thuirt e riutha: Eisdibh rium uile, agus tuigibh. **15** Chan eil ni a dol a staigh ann an duine bhon taobh a mach, a 's urrainn a thruailleadh: ach 'siad na nithean a tha tighinn a mach a duine, a tha truailleadh an duine. **16** Ma tha cluasan aig neach sam bith gu cluinntinn, cluinneadh e. **17** Agus nuair a chaidh e stigh don tigh bhon t-sluaigh, dh' fharraid a dheisciopuil dheth mun dubhfhacal. **18** Is thuirt e riutha: A bheil sibhse mar sin gun tuigse? Nach eil sibh a tuigsinn, nach eil ni sam bith a dol a stigh ann an duine bhon taobh a mach, a 's urrainn a thruailleadh: **19** A chionn 's nach eil e a dol a stigh 'na chridhe, ach a dol a stigh na bhroinn, theid e mach don dun. (Mar sin, a glanadh bhiadhan uile). **20** Ach thuirt e, gur iad na nithean, a thig a mach as an duine a thruailleas an duine. **21** Oir 'sann bhon taobh a stigh a cridhe dhaoine a thig droch smaointean, adhaltras, striopachas, murt, **22** Goid, sannt, drochbheart, foill, mi-gheamnachd, droch-shuil, blaisbheum, uabhar, aimideachd. **23** Tha na h-uile sin uile a struthadh bhon taobh stigh, 's tha iad a truailleadh an duine. **24** 'S ag eirigh as a sin, chaidh e gu crìochan Thiruis agus Shidon; 'sa dol a stigh do thigh, cha b' aill leis gum biodh fios aig duine sam bith air, ach cha b' urrainn dha a bhith am falach. **25** Oir cho luath 'sa chuala boirionnach, aig an robh nighean anns an robh spiorad neoghan, mu dheidhinn, chaidh i stigh, agus thuit i aig a chasan. **26** Oir bu bhana-phaganach am boirionnach de chinneadh Shirophenissa. Agus ghrios i air gun cuireadh e an deomhan as a h-ighinn. **27** Thuirt esan rithe: Leig leis a chloinn a bhith air an riarachadh an toiseachd: oir chan eil e math aran na cloinne a ghabhail, 'sa thilgeadh thun nan con. **28** Ach fhreagair ise, is thuirt i ris: Is fìor sin, a Thighearna, ach ithidh na cuileinean fon bhord de chrìomagan na cloinne. **29** Is thuirt e rithe: Air son an fhacail so bi falbh, chaidh an deomhan a mach as do nighinn. **30** 'S nuair rainig i a tigh, fhuair i an nighean 'na laidhe air an leabaidh, 's an deomhan air a dhol a mach aisde. **31** 'Sa triall a rithist a crìochan Thiruis, thainig e tromh Shidon gu muir Ghalile tromh mhiadhon crìochan Dhecapolis. **32** Agus thug iad ga ionnsuidh duine bodhar is balbh, agus ghuidh iad air, gun cuireadh e a lamh air. **33** Is ga thoirt a lethtaobh a mach as an t-sluaigh, chuir e mheoir

'na chluasan; 's le shìle bhean e dha theangaidh; **34** 'S ag amharc suas gu neamh, thug e osnadh, is thuir e: Ephpheta, se sin, bi air d' fhosgladh. **35** Agus san uair dh' fhosgladh a chluasan, agus dh' fhuasgladh ceangal a theangaidh, is labhair e ceart. **36** Is dhaithn e orra gun iad a dh' innse do neach sam bith. Ach mar is mua dh' aithn e orra 'sann is mua bha iadsan ga innse; **37** Agus sann is mua ghabh iad ioghnadh, ag radh: Rinn e a h-uile ni gu math; thug e air na bodhair cluinntinn, agus air na balbhain labhairt.

## 8

**1** Anns na laithean sin a rithist nuair a bha moran sluaigh ann, gun ni aca a dh' itheadh iad, ghairm e a dheisciopuil, is thuir e riutha **2** Tha truas agam ris an t-sluagh: oir, seall, tha iad air giulan leam cheana tri latha, 's chan eil ni aca a dhitheas iad: **3** Agus ma leigeas mi air falbh iad 'nan traisg dhan tighean, fannaichidh iad air an rathad; oir thainig cuid dhiu air astar. **4** Is fhreagair a dheisciopuil e: Ciamar is urrainn do neach an riarachadh le aran an so san fhasach? **5** Is dh' fharraid e dhiu: Co miad bonnach a thagaibh? Thuir iad: A seachd. **6** Agus dh' orduich e don t-sluagh suidhe air an lar. 'Sa glacadh nan seachd bonnach, 'sa toirt buidheachais, bhris e, is thug e dha dheisciopuil iad gus an cur air am bialaobh, agus chuir iad air bialaobh an t-sluaigh iad. **7** 'S bha beagan de mheanbh-iasg aca; agus bheannaich e iad, agus dh' iarr e an cur air am bialaobh. **8** Agus dh' ith iad, is riaraidheadh iad, agus den phronnaig a dh' fhagadh thog iad seachd cleibh. **9** Is bha an fheadhainn a dh' ith mun cuairt do cheithir mìle: agus chuir e air falbh iad. **10** 'S gun mhaille chaidh e air bord a bhata comhla ri dheisciopuil, agus thainig e gu crìochan Dhalmanutha. **11** Agus thainig na Phairisich a mach, is thoisich iad ri cheasnachadh, ag iarraidh comharraidh air bho neamh, ga bhuaireadh. **12** 'S ag osnaich 'na spiorad, thuir e: Carson a tha an ginealach so ag iarraidh comharraidh? gu deimhin tha mi ag radh ribh, nach toirear comharraidh don ghinealach so. **13** Agus gam fagail chaidh e a rithist air bord bata, is dh' fhalbh e thar a chaol. **14** Agus dhiochuimhnich iad aran a thoirt leo agus cha robh aca ach aon bhonnach maille riutha san eathar. **15** Is dh' aithn e orra, ag radh



bithibh sealltuinneach agus faicilleach bho thaois-ghoirt nam Phairiseach, 's bho thaois ghoirt Heroid. **16** Agus bha iadsan a reusonachadh ri cheile, ag radh: 'S ann a chionn 's nach eil aran againn. **17** Thuirt Iosa riutha, 's e tuigsinn so: Carson tha sibh smaoineachadh a chionn 's nach eil aran agaibh? nach eil sibh a faicinn fhathast no a tuigsinn? a bheil ur cridhe dall fhathast? **18** Tha suilean agaibh, 's nach eil sibh a faicinn? Agus cluasan agaibh, 's nach eil sibh a cluinntinn? Cha mhua tha sibh a cuimhneachadh, **19** Nuair a bhris mi na coig bonnaich am measg choig mile, co miad lan cleibh de phronnagan a thog sibh? Thuirt iad ris: A dha dhiag. **20** A rithist, na seachd bonnaich am measg cheithir mile, co miad cliabh do phronnagan a thog sibh? Is thuirt iad ris: A seachd. **21** Is thuirt e riutha: Ciamar nach eil sibh a tuigsinn fhathast? **22** Agus thainig iad gu Bethsaida, 's thug iad duine dall ga ionnsuidh, agus ghuidh iad air gum beanadh e dha. **23** 'Sa breith air laimh an doill, thug e mach as a bhaile e; 'sa cur a shile air a shuilean, 'sa cur a lamhan air, dh' fharraid e dheth, an robh e faicinn dad. **24** 'Sa sealltuinn suas thuirt e: Tha mi faicinn dhaoine mar chraobhan ag imeachd. **25** An sin chuir e a lamhan air a shuilean a rithist; agus thoisich e ri faicinn; is fhuair e fhradharc, air chor 's gum bu leir dha gach ni gu soilleir. **26** Is chuir e gu thigh fhein e, ag radh: Falbh gud thigh; agus ma theid thu stigh don bhaile, na innis do neach sam bith. **27** Agus chaidh Iosa agus a dheisciopuil a mach gu bailtean Chesarea Philippi; 'S air an t-slighe dh' fharraid e dhe dheisciopuil, ag radh riutha: Co tha daoine ag radh is mi? **28** Fhreagair iad e ag radh: Eoin Baistidh, cuid Elias, ach cuid eile mar aon de na faidhean. **29** An sin thuirt e riutha: Ach co tha sibhse ag radh is mi? Fhreagair Peadar, is thuirt e ris: is tu Criosda. **30** Agus mhaidh e orra, gun iad a dh 'innseadh so mu dheidhinn do neach sam bith. **31** Is thoisich e ri theagasg dhaibh gum feum Mac an duine moran fhulang, a bhith air a dhiultadh leis na seanairean, 's leis na h-ardshagairt, agus leis na Sgriobhaich, 'sa bhith air a chur gu bas; agus an deigh thri laithean eirigh a rithist. **32** Agus labhair e am facal gu follaiseach. Agus rug Peadar air, agus theann e ri chronachadh. **33** Ach Iosa a tionndadh, sheall e air a dheisciopuil, is bhagair e air Peadar, ag radh: Theirig air mo chulaobh, a shatain: oir chan eil tlachd agad do nithean Dhe, ach do

nithean dhaoine. **34** 'Sa gairm an t-sluaigh maille ri dheisciopuil ga ionnsuidh, thuir e riutha: Ma 's aill le neach sam bith mise leantuinn, aicheadhadh e e fhein, is togadh e chrois, agus leanadh e mi. **35** Oir co sam bith leis an aill a bheatha shabhaladh, caillidh e i: agus co sam bith a chailleas a bheatha air mo shonsa, 's air son an t-soisgeil, sabhailidh e i. **36** Oir ciod e is fheairrde duine, an saoghal a chosnadh gu leir, ma chailleas e anam? **37** No ciod a bheir duine an eirig anma? **38** Oir an neach a ghabhas naire asam-sa, is as mo bhriathran, anns a ghinealach adhaltrannach agus pheacach so, gabhaidh Mac an duine naire assan-san, nuair a thig e an gloir Athar maille ris na h-ainglean naomha.

## 9

**1** Is thuir e riutha: Gu deimhinn tha mi ag radh ribh, gu bheil cuid dhiu-san, a tha 'nan seasamh an so, nach blais bas, gus am faic iad rioghachd Dhe a tighinn an cumhachd. **2** Agus an deigh shia laithean ghabh Iosa Peadar, is Seumas, agus Eoin; is threoraich e iadsan leo fhein gu beinn aird a lethtaobh, agus dh' atharraicheadh a chruth 'nan lathair. **3** Agus dh' fhas eideadh dealrach is ro-gheal mar shneachda, geal mar nach urrainn fucadair air talamh a dhianamh. **4** Is chunnacas leo Elias agus Maois; agus bha iad a bruidhinn ri Iosa. **5** Agus Peadar a freagairt, thuir e ri Iosa: A Rabbi, is math dhuinne a bhith an so; agus dianamaid tri paillionan, a h-aon dhutsa, a h-aon do Mhaois, 'sa h-aon do Elias. **6** Oir cha robh fios aige ciod a bha e ag radh; chionn 's gun robh iad fo fhiamh ro-mhor. **7** Agus bha nial a cur sgaile orra, agus as an nial thainig guth, ag radh: Se so mo Mhac ro-ghaolach; eisdibh ris. **8** 'S ag amharc san uair mun cuairt orra, chan fhac iad duine, ach Iosa na aonar maille riutha. **9** 'Sa tearnadh bhon bheinn, dh' aithn e orra, gun iad a dh' innse do neach sam bith nan nithean a chunnaic iad, gus an eireadh Mac an duine bho na mairbh. **10** Is gleidh iad am facal aca fhein, a cur cheisd air a cheile, de bha, gus an eireadh e bho na mairbh, a ciallachadh. **11** Agus dh'fharraid iad dheth, ag radh: Carson ma ta tha na Phairisich 's na Sgriobhaich a cantuinn, gum feum Elias tighinn an toiseachd? **12** Thuir e riutha, 's e

freagairt: Tha Elias ri tighinn an toiseachd, agus ath-shuidhichidh e a h-uile ni; is mar tha e sgrìobhte mu Mhac an duine, gum fuilig e moran, 's gum faigh e taire. **13** Ach tha mi ag radh ribh, gun tainig Elias, ('s gun d' rinn iad air gach ni b' aill leo) mar tha sgrìobhte mu dheidhinn. **14** 'Sa tighinn gu dheisciopuil, chunnaic e moran sluaigh mun timcheall, 's na Sgrìobhaich a deaspud riutha. **15** 'S cha luaithe chunnaic an sluagh uile Iosa, na ghlac iognadh agus uamhas iad, sa ruith ga ionnsuidh chuir iad failt' air. **16** Agus dh' fhaighnich e dhiu: Ciod mu bheil sibh a consachadh ri cheile? **17** Is fhreagair fear den t-sluaigh, ag radh: A mhaighistir, thug mi gad ionnsuidh mo mhac anns a bheil spiorad balbh. **18** Agus, ge be aite an glac e e, tha e ga bhualadh ri lar, agus tha e cur a mach cobhair, 'sa diosgail le fhiacalan, sa seargadh as: is thuir mi rid dheisciopuil iad a thilgeadh a mach, agus cha b' urrainn dhaibh. **19** 'Sa freagairt thuir e: O ghinealaich ana-creidich, De cho fad sa bhitheas mi maille ribh? De cho fad sa chuireas mi suas ribh? thugaibh gam ionnsuidh e. **20** Agus thug iad e ga ionnsuidh. Agus cha luaithe chunnaic e Iosa, na ghluais an spiorad e; is bhuaileadh e ris an lar, agus chuir e caran dheth is cop mu bhial. **21** Is dh' fhaighnich e dhe athair: De cho fad bho na thachair so dha? Is thuir esan: Bho na bha e 'na leanabh. **22** Agus is tric a thilg e san teine is anns an uisge e, gu cur as dha: ach ma tha ni sam bith nad chomas, gabh truas ruinn agus cuidich sinn. **23** Is thuir Iosa ris: Ma 's urrainn dhut creidsinn! is comasach a h-uile ni don chreideach. **24** Agus athair a ghille a glaodhach san uair, thuir e le deoir: Tha mi creidsinn, a Thighearna: cuidich m' ana-creideamh. **25** Is nuair a chunnaic Iosa an sluagh a ruith cuideachd, mhaidh e air an spiorad neoglan, a cantuinn ris: A spioraid bhodhair agus bhailbh tha mi ag aithneadh ort, theirig a mach as 's na rach a stigh ann tuilleadh. **26** Agus chaidh e mach as, ag eigheach, 's ga riabadh gu goirt: agus dh' fhas e coltach ri duine marbh, air chor 's gun robh moran ag radh: Tha e marbh. **27** Ach Iosa a breith air laimh air, thog e e, agus dh' eirich e. **28** 'S nuair chaidh e stigh dhan tigh, dh' fharraid a dheisciopuil dheth, 's iad leo fhein: Carson nach b' urrainn dhuinn a thilgeadh a mach? **29** Is thuir e riutha: Chan urrainn don t-seorsa so an tilgeadh a mach air sheol sam bith, ach le urnaigh 's le traisg. **30** 'Sa falbh as a sin, chaidh iad

troimh Ghalile; 's cha b' aill leis gum biodh fios aig duine sam bith air an so. **31** Oir bha e teagasg a dheisciopul, 's ag radh riutha: Gun rachadh Mac an duine liubhairt seachad do lamhan dhaoine, 's gum marbhadh iad e, 's an deigh a mharbhadh, gun eireadh e rithist air an treas latha. **32** Ach cha do thuig iadsan am facal; agus bha sgath orra fharraid dheth. **33** Is thainig iad gu Capharnaum. 'S nuair a bha iad san tigh, dh' fhaighnich e dhiu: De an deaspud a bh'agaibh air an rathad? **34** Ach bha iadsan samhach: oir air an rathad bha iad a consachadh eatorra fhein, co dhiu bu mhua bhiodh. **35** 'Sa suidhe, ghairm e na dha dhiag, is thuirte e riutha: Ma tha toil aig fear sam bith a bhith air thoiseach, bithidh e air dheireadh orra uile, agus 'na sheirbhiseach dhaibh uile. **36** 'Sa breith air leanabh, chuir e 'nam miadhon e ; 's an deigh a ghlacadh 'na uchd, thuirte e riutha: **37** Co sam bith ghabhas ri leanabh den leithidean so nam ainmsa, tha e gabhail riumsa; agus co sam bith ghabhas riumsa, chan ann riumsa tha e gabhail, ach ris-san a chuir mi. **38** Agus fhreagair Eoin e, ag radh: A Mhaighistir, chunnaic sinn duine araid, nach eile gar leantuinn-ne, a tilgeadh a mach dheomhan na d' ainmsa, agus bhac sinn e. **39** Agus thuirte Iosa: Na bacaibh e: oir chan eil aon sam bith, a ni miarailt nam ainmsa, a 's urrainn gu h-ealamh labhairt gu h-olc nam aghaidh: **40** Oir an neach nach eil nur n-aghaidh, tha e leibh. **41** Oir co sam bith a bheir dhuibh ri ol cupan uisge nam ainmsa, a chionn's gur le Criosda sibh: gu firinneach tha mi ag radh ribh: cha chaill e dhuais. **42** Agus co sam bith bheir sgainneal do h-aon den fheadhainn bheaga so, a tha creidsinn unnamsa, b' fhearr dha clach mhuilinn a bhith crochte mu amhaich, 'sa bhith air a thilgeil sa mhuir. **43** 'S ma bheir do lamh sgainneal dhut, gearr dhìot i: is fhearr dhut a dhol a stigh gu beatha air lethlaimh, na dhol le da laimh a dh' iutharna gu teine nach smalar: **44** Far nach basaich a chnuimh aca, 's nach smalar an teine. **45** Agus ma bheir do chas sgainneal dhut, gearr dhìot i: is fhearr dhut a dhol a stigh gu beatha air lethchois, na do thilgeadh le da chois a dh' iutharna gu teine nach tig as: **46** Far nach basaich a chnuimh aca, 's nach smalar an teine. **47** Agus ma bheir do shuil sgainneal dhut, spion asad i: 's fhearr dhut a dhol a stigh do rioghachd Dhe le aon shuil, na do thilgeadh led dha shuil ann an teine iutharna: **48** Far nach basaich a chruimh aca, 'S nach smalar an teine. **49** Oir saillear gach

aon le teine, is saillear gach iobairt le salann. **50** Tha salann math: ach ma dh' fhasas an salann neo-bhlasda, co leis a ni sibh blasda e? Biodh salann agaibh unnaibh, agus biodh sith agaibh eadaraibh fhein.

## 10

**1** 'S ag eirigh as a sin, thainig e gu crìochan Iuda air taobh thall Iordain; agus chruinnich sluagh a rithist ga ionnsuidh; agus mar a b' abhuist dha, theagaisg e rithist iad. **2** 'S na Phairisich a tighinn ga ionnsuidh, dh' fharraid iad dheth: Bheil e laghail do dhuine a bhean a chur air falbh? 's iad ga bhuaireadh. **3** Ach esan a freagairt, thuirt e riutha: Ciod a dh' aithn Maois oirbh? **4** Thuirt iad: Thug Maois cead litir-dhealachaidh a sgrìobhadh, 's a cur air falbh. **5** Thuirt Iosa gam freagairt : 'S ann air son cruas ur cridhe a sgrìobh e dhuibh an reachd so. **6** Ach bho thus a chruthachaidh rinn Dia iad firionn is boirionn. **7** Air son so fagaidh duine athair agus a mhathair, is dluth-leanaidh e ri mhnaoi; **8** Agus bithidh an dithis nan aon fheoil. As leth sin cha dithis iad a nis, ach aon fheoil. **9** An ni ma ta a cheangail Dia, na fuasgladh duine. **10** Agus anns an tigh chuir a dheisciopuil ceisd air a rithist mun ni chiadna. **11** Is thuirt e riutha: Co sam bith a chuireas air falbh a bhean, 'sa phosas te eile, tha e dianamh adhaltrais na h-aghaidh. **12** 'S ma chuireas bean air falbh a fear, 's fear eile phosadh, tha i dianamh adhaltrais. **13** Agus thug iad clann bheag ga ionnsuidh, los gum beanadh e dhaibh. Is bha na deisciopuil a maoitheadh air an fheadhainn a bha gan toirt uige. **14** Nuair a chunnaic Iosa iad, ghabh e gu h-olc e, is thuirt e riutha: Leigibh le cloinn bhig tighinn gam ionnsuidh, agus na bacaibh iad: 's gur ann dhan leithidean a bhuineas rioghachd Dhe: **15** Gu deimhinn tha mi gradh ribh: Co sam bith nach glac rioghachd Dhe mar leanabh beag, nach teid e a stigh innte. **16** Is ghlac e 'na uchd iad, 's a cur a lamhan orra, bheannaich e iad. **17** 'S nuair a dh' fhalbh e mach air a thurus, thainig duine araid 'na ruith, 'sa dol air a ghluinean air a bhialaobh, dh' fharraid e dheth, ag radh: A Mhaighistir mhath, ciod a ni mi gus a bheatha shiorruidh a chosnadh? **18** Is thuirt Iosa ris: Carson a tha thu cantuinn math riumsa? chan eil aon sam bith math,

ach Dia 'na aonar. **19** Is aithne dhut na faintean: Na dian adhaltras: Na dian marbhadh: Na dian goid: Na tog fianuis bhreige : Na dian mealltaireachd. Thoir onair dhad athair is dhad mhathair. **20** Ach esan a freagairt, thuir e ris: A Mhaighistir, iad sin uile chum mi bhom oige. **21** Agus Iosa ag amharc air, thug e gaol dha, is thuir e ris: Tha aon ni a dhith ort: falbh, reic na bheil agad, agus thoir do na bochdan e, agus bithidh iuntas agad am flathanas; is thig, lean mise. **22** Ach bha duilichinn airesan as leth an fhacail, is dh' fhalbh e gu tuirseach: oir bu duine e aig an robh moran beairteis. **23** Agus Iosa a coimhead mun cuairt air, thuir e ri dheisciopuil: Nach duilich do dhuine beartach a dhol a stigh do rioghachd Dhe! **24** Is ghabh a dheisciopuil iognadh a bhriathran. Ach Iosa freagairt a rithist, thuir e riutha: A chlann bheag, nach duilich dhaibhsan, a chuireas uidh am beartas, dhol a stigh do rioghachd Dhe! **25** Is fhasa do chamhal dhol tro chno snathaid, na do dhuine beartach a dhol a stigh do rioghachd Dhe. **26** Is ghabh iad am barrachd iognaidh, ag radh ri cheile: Agus co is urrainn a bhith sabhailte? **27** Agus thuir Iosa, 's e ag amharc orra: Tha so do-dhianta do dhaoine, ach chan eil do Dhia: oir tha a h-uile ni an comas Dhe. **28** Agus thoisich Peadar ri radh ris : Seall, dh' fhag sinn a h-uile ni, agus lean sinn thu. **29** Is thuir Iosa, 's e freagairt: Gu deimhinn tha mi ag radh ribh: chan eil neach sam bith a dh' fhagas tigh, no braithrean, no peathraichean, no athair, no mathair, no clann, no fearann, as mo lethsa, agus as leth an t-soisgeil, **30** Nach fhaigh a chiad urad a nis san tim so fhein, tighean, agus braithrean, is peathraichean, is mathraichean, is clann, is fearann, am measg geur- leanmhuinn, agus a bheatha shiorruidh san ath shaoghal. **31** Ach tha moran air thoiseach a bhitheas air dheireadh, 's air dheireadh a bhitheas air thoiseach. **32** Agus bha iad air an rathad a dol suas gu Ierusalem; agus dh' imich Iosa rompa, is bha iognadh orra; is bha eagal orrasan a bha ga leantuinn. Agus ghabh e rithist na dha dhiag, agus thoisich e ri innse dhaibh na bha dol a thachairt dha. **33** Seall, tha sinn a dol suas gu Ierusalem, agus liubhrar Mac an duine do na h-ard-shagairt, 's do na Sgriobhaich, 's do na seanairean, agus ditidh iad e gu bas, agus bheir iad seachad do na cinnich e; **34** Is ni iad fanaid air, agus caithidh iad smugaidean air, agus sgiursaidh iad e; agus marbhaidh iad e, agus eiridh e

air an treas latha. **35** Is thainig Seumas agus Eoin, mic Shebede, ga ionnsuidh, ag radh: A Mhaighistir, is aill leinn gun dian thu dhuinn ni sam bith a dh' iarras sinn. **36** Ach thuirt esan riutha: Ciod is aill leibh mi dhianamh dhuibh? **37** Is thuirt iad: Deonaich dhuinn gun suidh sinn, fear againn air do laimh dheis 's am fear eile air do laimh chli, nad ghloir. **38** Is thuirt Iosa riutha: Chan eil fhios agaibh de tha sibh ag iarraidh. An urrainn dhuibh a chailis ol, a tha mise dol a dhol, no bhith air ur baisteadh leis a bhaisteadh leis a bheil mise rim bhaisteadh? **39** Is thuirt iad ris: Is urrainn dhuinn. Is thuirt Iosa riutha: Olaidh sibh gu dearbh a chailis, a tha mise dol a dh' ol; agus baistear sibh leis a bhaisteadh leis a bheil mise rim bhaisteadh **40** Ach suidhe air mo laimh dheis, no air mo laimh chli, cha leamsa gu thoirt dhuibh, ach dhaibhsan dhan deach uimheamachadh. **41** Is nuair a chuala an deichnar so, thoisich iad ri bhith diumbach de Sheumas 's de Eoin. **42** Ach Iosa gan gairm, thuirt e riutha: Is aithne dhuibh gum bheil acasan, air a bheileas a coimhead mar riaghladairean air na cinnich, ard-thighearnas orra, 's gum bheil cumhachd aig am prionnsaichean thairis orra. **43** Ach chan ann mar sin a bhios nar measgsa: ach co sam bith leis am miann a bhith air thoiseach 'nur measg, bithidh e 'na fhear frithealaidh dhuibh. **44** Is co sam bith leis an aill a bhith air thoiseach 'nur measg, bithidh e 'na sheirbhiseach agaibh uile. **45** Oir cha tainig Mac an duine e fhein los gun diante frithealadh dha, ach gu frithealadh, 's gus a bheatha leigeil sios 'na h-eirig air son mhorain. **46** Agus rainig iad Iericho; 's nuair bha esan 'sa dheisciopuil agus cuideachda ro-mhor a falbh, bh' an dall Bartimeus, mac Thimeius 'na shuidhe ri taobh an rathaid, ag iarraidh deirce. **47** 'S nuair chuala e gur e Iosa bho Nasareth a bh'ann, thoisich e ri glaodhach 's ri radh: Iosa, a Mhic Dhaibhidh, dian trocair orm. **48** Is mhaoith moran air, fiach am biodh e samhach. Ach 'sann bu mhua gu mor a ghlaodh e: A Mhic Dhaibhidh, dian trocair orm. **49** Agus sheas Iosa, is dh' orduich e a ghairm. Agus ghairm iad an dall, a cantuinn ris: Biodh misneachd agad: eirich, tha e gad iarraidh. **50** 'Sa tilgeadh bhuaithe fhalluinne, thainig e 'na leum ga ionnsuidh. **51** Agus Iosa a freagairt, thuirt e ris: Ciod is aill leat mi dhianamh dhut? Is thuirt an dall ris : A Rabboni, gum faic mi. **52** Is thuirt Iosa ris: Falbh, rinn do chreideamh slan thu. Agus

sa cheart uair chunnaic e, is lean e e air an t-slighe.

## 11

**1** Agus nuair thainig e teann air Ierusalem is Betania aig sliabh Olibheit, chuir e air adhart dithis dhe a dheisciopuil, **2** Is thuir e riutha: Siubhlaibh don bhaile a tha mur coinneamh, agus air ball a dol a stigh ann, gheibh sibh asal og an ceangal, air nach do shuidh duine riamh: fuasglaibh is thugaibh an so e. **3** Agus ma their duine sam bith ribh: Ciod tha sibh a dianamh? abraibh, gu bheil feum aig an Tighearna air, agus tillidh e e san uair. **4** 'Sa dol air an adhart fhuair iad an t-asal ceangailte air taobh mach a gheata aig coinneachadh da rathaid; is dh' fhuasgail iad e. **5** Agus thuir cuid den fheadhainn a bha 'nan seasamh an sin riutha: Ciod tha sibh a dianamh a fuasgladh an asail? **6** Is thuir iad riutha mar a dh' orduich Iosa dhaibh, is leig iad leo e. **7** Agus thug iad an t-asal gu Iosa; is chuir iad am falluinnean air, agus shuidh e air. **8** Is sgaoil moran an aodaichean air an rathad; agus ghearr feadhainn eile geugan chraobh agus sgap iad air an rathad iad. **9** Agus ghlaodh an fheadhainn a chaidh roimhe, 'sa lean e, ag radh : Hosanna: **10** Is beannaichte esan a tha tighinn an ainm an Tighearna: is beannaichte rioghachd ar n-athar Daibhidh a tha tighinn: Hosanna anns na h-ardaibh. **11** Is chaidh e stigh do Ierusalem thun an teampull; 's an deigh amharc air gach ni mun cuairt, bho na bha 'm feasgar a nis ann, chaidh e gu Betania maille ris na dha dhiag. **12** 'S an ath latha nuair a chaidh iad a mach a Betania, bha acras air. **13** 'S nuair a chunnaic e fad as craobh-fhige air an robh duilleach, thainig e fiach am faigheadh e ma dh' fhaoidte dad oirre; 's nuair a rainig e i, cha d' fhuair e ach duilleagan: oir cha robh am nam figis ann. **14** 'Sa freagairt, thuir e rithe: A so suas gu brath na itheadh neach meas dhiot. Agus bha dheisciopuil ga chluinntinn. **15** Is rainig iad Ierusalem. 'S nuair a chaidh e stigh don teampull, thoisich e ri fuadachadh a mach na feadhnach a bha reic, 's na feadhnach a bha ceannach san teampull; agus leag e buird luchd-malairt an airgid, is cathraichean luchd-reic chalman. **16** 'S chan fhuiligeadh e gun giulanadh neach sam bith saghach tromhn teampull: **17** Is theagaisg e, ag radh



riutha: Nach eil e sgrìobhte: Gun abrar tigh urnaigh ri mo thighsa am measg nan cinneach uile? Ach rinn sibhse uamh mheirleach dheth. **18** Agus nuair chuala na h-ard-shagairt 's na Sgrìobhaich so, dh' iarr iad ciamar a dh' fhaodadh iad cur as dha: oir bha eagal aca roimhe, a chionn gun robh an sluagh uile a gabhail ioghnaidh ri theagasg. **19** Agus nuair thainig am feasgar, chaidh e mach as a bhaile. **20** 'S nuair a bha iad a gabhail seachad sa mhaduinn, chunnaic iad a chraobh-fhige seargte bho friamhaichean. **21** Is Peadar a cuimhneachadh, thuirte e ris: A Rabbi, seall, tha chraobh fhige, a mholluich thu, air seargadh as. **22** Is Iosa freagairt, thuirte e riutha: Biodh creideamh Dhe agaibh. **23** Gu deimhinn tha mi radh ribh, co sam bith a their ris a bheinn so ; Tog agus tilg thu fhein sa mhuir, agus aig nach bi teagamh na chridhe, ach a chreideas gun dianar ciod sam bith a their e, gum bi e diante dha. **24** Air an aobhar sin tha mi ag radh ribh: Ge b' e ni dh' iarras sibh ann an urnaigh, creidibh gum faigh sibh e, is thig e gur n-ionnsuidh. **25** 'S nuair sheasas sibh a dhianamh urnaigh, mathaibh, ma tha dad agaibh an aghaidh duine sam bith los gum math ur n-Athair a tha air neamh ur peacannan fhein dhuibhse. **26** Ach mur math sibh, cha mhua mhathas ur n-Athair a tha air neamh ur peacannan fhein dhuibhse. **27** Agus thainig iad a rithist gu Ierusalem. 'S nuair a bha e coiseachd san teampull, thainig na h-ard-shagairt, agus na Sgrìobhaich, agus na seanairean ga ionnsuidh, **28** Is thuirte iad ris; Ciod an t-ughdaras leis a bheil thu dianamh nan nithean so? is co thug an t-ughdaras so dhut gu bheil thu gan dianamh? **29** Agus Iosa a freagairt, thuirte e riutha: Cuiridh mise aon cheist oirbh, agus freagraibh mi; agus innsidh mise dhuibhse ciod an t-ughdaras leis a bheil mi dianamh nan nithean so. **30** Baisteadh Eoin, an ann bho neamh, no bho dhaoine a bha e? Freagraibh mi. **31** Ach smaoinich iadsan annta fhein, ag radh: Ma their sinn: bho neamh, their e: Carson ma ta nach do chreid sibh e? **32** Ma their sinn : bho dhaoine, tha eagal an t-sluaigh oirn: oir sheall daoine uile air Eoin mar fhior fhaidh. **33** 'Sa freagairt thuirte iad ri Iosa: Chan eil fhios againn. Is thuirte Iosa riutha, 's e freagairt: Cha mhua dh' innseas mise dhuibhse ciod an t-ughdaras leis a bheil mi dianamh so.

**1** Is thoisich e ri labhairt riutha ann an dubhfhacail: Phlanntaich duine araid fion-lios, is chuir e garadh mu thimcheall, is chladhaich e amar-fiona, is thog e tur, is shuidhich e air aonta do thuathanaich e, is dh' fhalbh e gu tir chein. **2** Agus chuir e seirbhiseach thun na tuathanaich san am, los gu faigheadh e de thoradh an fhion-lios bhuapa. **3** 'Sa breith air, bhuaill iad e, is chuir iad air falbh falamh e. **4** Agus a rithist chuir e gan ionusuidh seirbhiseach eile; is lot iad sa cheann e, agus thug iad taire dha. **5** 'Sa rithist chuir e fear eile, 's mharbh iad e; agus moran eile: cuid dhiu sgiurs iad, ach cuid eile mharbh iad. **6** Ach fhathast bha aona mhac ro-ghradhach aige, agus mu dheireadh uile chuir e esan gan ionnsuidh, ag radh: Bheir iad urram dham mhac. **7** Ach thuirt na tuathanaich ri cheile: Se so an t-oighre: thigibh, marbhamaid e; agus bithidh an oighreachd againn fhein. **8** 'Sa breith air, mharbh iad e; is thug iad a mach as a gharadh-fhiona e. **9** Ciod ma ta a ni tighearna a gharaidh-fhiona? Thig e, agus sgriosaidh e na tuathanaich sin; agus bheir e gharadh-fiona do dh' fheadhainn eile. **10** Nach do leugh sibh an sgrìobtur so: A chlach a dhiult na clachairean, rinneadh clach chinn na h-oisinn dhi. **11** Leis an Tighearna rinneadh so, 's tha e iongantach ri fhaicinn? **12** Agus dh' iarr iad a ghlacadh, ach bha eagal an t-sluaigh orra: oir thuig iad gum b' ann mun deidhinn fhein a labhair e an dubhfhacal so. Agus ga fhagail, dh' fhalbh iad. **13** Is chuir iad ga ionnsuidh cuid de na Phairisich, agus de luchd-leanmhuinn Heroid, fiach an glacadh iad e 'na chainnt. **14** Thainig iadsan, is thuirt iad ris: A Mhaighistir, tha fios againn gur duine firinneach thu, 's nach eil eisimeil agad ri duine sam bith: oir cha sheall thu air pearsa dhaoine, ach tha thu teagasg slighe Dhe am firinn. Bheil e ceadaichte cis a thoirt do Chesar, no nach eil? **15** Thuig esan am foill, is thuirt e riutha: Carson tha sibh gam bhuaireadh? Thoiribh dhomh sgilinn gus am faic mi i. **16** Agus thug iad dha i. Is thuirt e riutha: Co leis an iomhaigh so, 's an sgrìobhadh? Thuirt iad ris: Le Cesar. **17** Is Iosa freagairt, thuirt e riutha: Thugaibh mata do Chesar na bhuneas do Chesar; 's do Dhia na bhuneas do Dhia. Agus ghabh iad ioghnadh as. **18** Agus thainig na Sadusaich ga ionnsuidh, a tha

cantuinn nach eil aiseirigh ann; is dh' fharraid iad dheth, ag radh **19** A mhaighistir, sgrìobh Maois dhuinn, ma gheibh brathair duine bas, 's gum fag e bean, 's nach fhag e clann, gabhadh a bhrathair a bhean, 's togadh e clann dha bhrathair. **20** A nis bha seachdnar bhraithrean ann 's ghabh a chiad fhear bean, agus chaochail e gun sliochd fhagail. **21** Agus ghabh an darna fear i, agus chaochail esan 's cha mhua dh' fhag esan sliochd. Agus an treas fear mar an ciadna. **22** Agus mar sin ghabh an t-seachdnar i; 's cha d' fhag iad sliochd. 'Nan deigh uile dh' eug am boirionnach fhein. **23** Anns an aiseirigh mata, nuair dheireas iad, co dhiu sin dham bi i 'na mnaoi? oir bha i 'na mnaoi aig an t-seachdnar. **24** Agus fhreagair Iosa, is thuirt e riutha: Nach ann a thaobh seo a tha sibh a deanamh mearachd, nach eil eolas agaibh air na sgrìobhturan no air cumhachd Dhe? **25** Oir nuair a dh' eireas iad bho na mairbh, cha phos iad, 's cha mhua phosar iad, ach tha iad mar na h-ainlean sna flathais. **26** Agus a thaobh aiseirigh nam marbh, nach do leugh sibh an leabhar Mhaois, mar a labhair Dia ris anns a phreas, ag radh: Is mise Dia Abraham, agus Dia Isaic, agus Dia Iocoib? **27** Cha Dia nam marbh e, ach nam beo. Tha sibhse uime sin a dol fada cearr. **28** Is thainig fear de na Sgrìobhaich, a chuala iad a consachadh, 'sa faicinn gur math a fhreagair e iad, dh' fharraid e dheth: ciod i a chiad fhainte dhiu uile. **29** Is fhreagair Iosa e: Gum b' i a chiad fhainte dhiu uile: Eisd, Israel: is aon Dia an Tighearna do Dhia : **30** Agus bheir thu gaol don Tighearna do Dhia le t-uile chridhe, agus le t-uile anam, agus le t-uile inntinn, agus le t-uile neart. Se so a chiad fhainte. **31** Agus tha an darna fainte coltach rithe : Bheir thu gaol dhad choimhearsnach mar dhut fhein. Nas mua na iad so chan eil fainte eile ann. **32** Is thuirt an sgrìobhach ris: Is math, a Mhaighistir, a labhair thu an fhirinn, gu bheil aon Dia ann, 's nach eil ann ach e; **33** 'S gur e gaol thoirt dha leis an uile chridhe, 's leis an uile anam, 's leis an uil' inntinn, agus leis an uile neart ; agus gaol a thoirt do choimhearsnach mar do dhuine fhein, is mua na gach iobairt uile-loisgte agus tobhartas eile. **34** Agus Iosa faicinn, gur glic a fhreagair e, thuirt e ris: Chan eil thu fada bho rioghachd Dhe. Is bho sin suas cha robh chridhe aig duine ceisd a chur air. **35** Is thuirt Iosa, 's e freagairt nuair bha e teagasg san teampull: Ciamar tha na Sgrìobhaich a cantuinn gur e Criosda

mac Dhaibhidh? **36** Oir tha Daibhidh fhein a cantuinn leis an Spiorad Naomh: Thuir an Tighearna ri mo Tighearna, suidh air mo laimh dheis, gus an cuir mi do naimhidean nan stol-chas dhut. **37** Tha Daibhidh fhein mata a cantuinn a Thighearna ris, agus ciamar mata is e a mhac? Is dh' eisd moran sluaigh ris gu deonach. **38** Is thuir e riutha 'na theagasg: Thugaibh an aire oirbh fhein bho na Sgriobhaich leis an toil imeachd an culaidhean fada, agus furan fhaighinn air a mhargadh, **39** Agus suidhe air na ciad chathraichean anns na sinagogan, 's air na ciad shuidheachain aig suipeirean: **40** A shluigeas tighean bhantrach air sgath urnaighean fada: gheibh iad sin binn nas cruaidhe. **41** 'S nuair a bha Iosa 'na shuidhe mu choinneamh tasgaidh an iuntais, chunnaic e mar bha 'n sluagh a tilgeadh airgid san tasgaidh, agus chuir moran de dhaoine beartach na h-uibhir innte. **42** Agus thainig bantrach bhochd, is chuir i da lethfheoirinn, se sin fairdein, innte, **43** 'Sa gairm a dheisciopul, thuir e riutha: Gu deimhinn tha mi ag radh ribh, gun do chuir a bhantrach bhochd so barrachd na iadsan uile, a chuir anns an tasgaidh. **44** Oir 's ann bho am mor-phailteas a chuir iadsan uile ann; ach 'sann bho h-uireasuidh a chuir ise, a beo-shlainte uile.

## 13

**1** 'S nuair a bha e dol a mach as an teampull thuir fear dhe dheisciopuil ris: A Mhaighistir, seall! nach breagha na clachan agus na togalaichean seo. **2** Is fhreagair Iosa, is thuir e ris: Bheil thu faicinn na togalaichean mora seo uile? Chan fhagar clach air muin cloiche nach tilgear sios. **3** 'S nuair a bha e 'na shuidhe air sliabh Olibheit, mu choinneamh an teampull, chuir Peadar is Seumas, is Anndra ceisd air, is iad leo fhein comhla ris: **4** Innis dhuinn cuin a thachras na nithean sin? agus de an comharradh a bhios ann, nuair a thoisicheas na nithean sin uile rin coimhlionadh? **5** Is Iosa freagairt thoisich e ri radh riutha: Seallaibh nach meall duine sam bith sibh **6** Oir thig moran nam ainm-se, ag radh: Is mise e; agus meallaidh iad moran. **7** Agus nuair a chluinneas sibh mu chogaidhean, agus sgialan mu chogaidhean, na gabhaibh eagal: oir s'fheudar do na nithean sin tachairt: ach chan eil a chrìoch ann fhathast. **8** Oir eiridh cinneadh an aghaidh

cinnidh, agus rioghachd an aghaidh rioghachd, is bithidh crithean-  
talmhuinn an siod 's a so, agus gorta. 'Siad sin toiseachd nan amhghar. **9**  
Ach seallaibhse ribh fhein. Oir liubhraidh iad seachad sibh do  
chomhairlean, agus sgiursar sibh sna sinagogan, agus seasaidh sibh air  
bialaobh uachdarain is righrean as mo lethse, mar fhianais dhaibhsan. **10**  
Is feumar an soisgeul a theagasg an toiseach am measg nan cinneach uile.  
**11** Agus nuair a bhios iad gur taruinn leo, 's gur liubhairt seachad, na  
smaoinichibh air ciod a their sibh; ach an ni bheirear dhuibh san uair sin  
fhein, labhraibh, oir cha sibhse a tha labhairt, ach an Spiorad Naomh. **12**  
Agus liubhraidh brathair brathair gu bas, agus an t-athair am mac; is eiridh  
clann an aghaidh am parantan, agus cuiridh iad gu bas iad. **13** Agus  
bithidh fuath aig daoine uile oirbh as leth m'ainmse. Ach is esan a sheasas  
buan thun na criche a bhios sabhailte. **14** Agus nuair a chi sibh  
grainealachd an leirsgrios 'na seasamh far nach bu choir dhi, am fear a  
leughas tuigeadh e: an sin teicheadh iadsan a tha ann an Iudea thun nam  
beann. **15** 'S am fear a tha air mullach an tighe, na tearnadh e don tigh, 's  
na rachadh e stigh gu dad a thogail leis as a thigh; **16** 'S am fear a bhitheas  
san achadh, na tilleadh e air ais gus 'aodach a thoirt leis. **17** Ach mo  
thruaighe iadsan a tha lethtromach 'sa toirt ciche sna laithean sin. **18** Ach  
guidhibh nach tachair iad so sa gheamhradh. **19** Oir anns na laithean sin  
bithidh amghairean ann nach robh an leithid ann bho thus a chruthachaidh,  
a rinn Dia, gu so, 's nach bi. **20** Agus mur a giorraicheadh an Tighearna na  
laithean sin, cha bhiodh duine sam bith tiaruinte: ach air son nan daoine  
taghte, a thagh e, giorraichidh e na laithean sin. **21** Agus an sin ma their  
neach sam bith ribh: Seall, tha Criosda an so, seall, tha e sin, na creidibh e.  
**22** Oir eiridh criosdan breige, agus faidhean-breige, is ni iad comharran  
agus beartan iongantach, gus, nam faodadh e bhith, mhealladh iad na  
daoine taghte fhein. **23** Thugaibhse mata an aire: seall, dh' innis mi dhuibh  
gach ni ro-laimh. **24** Ach anns na laithean sin an deigh na trioblaide sin,  
thig dorchadas air a ghrein, 's cha toir a ghealach a solus. **25** Agus bithidh  
reultan neamh a tuiteam, agus gluaisear na cumhachdan a tha sna flathais.  
**26** Agus an sin chi iad Mac an duine sna neoil le cumhachd mhoir agus le  
gloir. **27** An sin cuiridh e ainglean a mach, is crunnichidh e a dhaoine

taghte bho na ceithir gaoithean bho iomall an talmhuinn gu iomall neamh. **28** A nis ionnnsuichibh dubhfhacal bhon chraoibh-fhige. Nuair a bhios a miar a nis maoth, 'sa chinneas an duilleach, tha fios agaibh gu bheil an samhradh gle fhaisg: **29** Mar an ciadna sibhse, nuair a chi sibh na nithean so a tachairt, tuigibh gu bheil e gle dhluth, seadh aig na dorsan. **30** Gu firinneach tha mi ag radh ribh nach teid an ginealach so seachad, gus an tachair so uile. **31** Theid neamh agus talamh seachad, ach cha teid m' fhacalsa seachad. **32** Ach air an latha no air an uair sin chan eil fios aig duine sam bith, no aig na h-ainglean air neamh, no aig a Mhac, ach aig an Athair. **33** Thugaibh an aire, dianaibh faire agus urnaigh: Oir chan eil fhios agaibh cuin a bhios an t-am. **34** Tha e ri choltachadh ri duine a dol fad air astar a dh' fhag a thigh, 'sa thug cumhachd dha sheirbhisich thairis air gach obair, 'sa dh' aithn' air an dorsair faire a dhianamh. **35** Dianaibhse faire mata, (chionn 's nach eil fhios agaibh cuin a thig maighistir an tighe: co dhiu sann anmoch, no mu mhiadhon oidhche, no mu ghairm a choilich, no sa mhaduinn), **36** Eagal gun tig e gu h-obann, 's gum faigh e sibh nur cadal. **37** Agus na tha mi cantuinn ribhse, tha mi cantuinn ri daoine uile: Dianaibh faire.

## 14

**1** A nis bha feill na casga 's an arain neo-ghoirtichte an ceann da latha: is bha na h-ard-shagairt, 's na Sgriobhaich a sireadh ciamar a ghlacadh iad e le foill, sa mharbhadh iad e. **2** Ach thuirt iad: Chan ann air latha na feille, eagal buaireas eirigh ma dh' fhaidte am measg an t-sluaigh. **3** 'S nuair a bha e ann am Bethania an tigh Shimoin an lobhar, 'sa bha e aig biadh, thainig boirionnach aig an robh bocsa alabastair de dh' ola phriseil spicnaird, 'sa bristeadh a bhocsa alabastair, thaom i air a cheann i. **4** A nis bha cuid a bha diumbach unnta fhein, ag radh : Carson a rinneadh am milleadh so air an ola? **5** Oir dh' fhaidte an ola so reic air son corr is tri fichead sgilinn, 's an toirt do na bochdan. Agus rinn iad monmhur 'na h-aghaidh. **6** Ach thuirt Iosa: Leigibh leatha, carson tha sibh a cur dragh oirre? Rinn i deagh ghniomh ormsa. **7** Oir tha na bochdan daonnan agaibh;

is faodaidh sibh math a dhianamh dhaibh, nuair a thoilicheas sibh: ach cha bhith mise daonnan agaibh. **8** Rinn i na b'urrainn dhi: thainig i ro-laimh a dh' ungradh mo chuirp air son an adhlaic. **9** Gu firinneach tha mi gradh ribh :ge b' e aite an teid an soisgeul so a shearmonachadh feadh an t-saoghail uile, gun innsear na rinn i mar chuimhneachan oirre. **10** Is dh' fhalbh Iudas Iscariot, fear de na dha dhiag, a dh' ionnsuidh nan ard-shagart, gus a bhrath dhaibh. **11** Air dhaibhsan so a chluinntinn, rinn iad toileachadh; agus gheall iad airgid a thoirt dha. Is bha esan a sireadh ciamar gheibheadh e cothrom air a bhrath. **12** 'S air a chiad latha den aran neo-ghoirtichte, nuair bha iad ag iobradh na casga, thuirt a dheisciopuil ris: Caite an aill leat sinn a dhol, los gun deasaich sinn dhut, 's gun ith thu a chaisg? **13** Agus chuir e dithis dhe dheisciopuil, agus thuirt e riutha: Rachaibh a stigh don bhaile is tachraidh duine oirbh a giulan saghach uisge, leanaibh e; **14** Agus ge b' e aite an teid e stigh, abraibh ri fear an tighe gu bheil am maighistir ag radh: Caite a bheil mo sheomar-bidh, far an ith mi a chaisg comhla rim dheisciopuil? **15** Agus fiachaidh e dhuibh seomar-bidh farsuinn lan-uidheamaichte; deasaichibh an sin dhuinn. **16** Is dh' fhalbh a dheisciopuil, agus thainig iad dhan bhaile, agus fhuair iad mar a thuirt e riutha, agus dheasaich iad a chaisg. **17** Agus na thainig am feasgar, rainig e leis na dha dhiag. **18** Agus nuair a bha iad nan suidhe aig a bhord, 's ag ithe, thuirt Iosa: Gu firinneach tha mi ag radh ribh, gum brath fear agaibh, a th' ag ithe maille rium, mi. **19** Agus thoisich iadsan ri bhith muladach, 's gach aon ri radh mu seach ris: Am mise e? **20** Is thuirt e riutha: Se am fear den da fhear dhiag a tha tumadh a laimh comhla rium sa mheis. **21** 'S gu deimhinn tha Mac an duine a falbh, mar a tha e sgriobhte mu dheidhinn: ach mo thruaighe an duine sin leis am brathar Mac an duine: bu mhath dhan duine sin nach do rugadh riamh e. **22** 'S nuair a bha iad ag ithe, ghlac Iosa aran; 's ga bheannachadh, bhris e , agus thug e dhaibh e, is thuirt e: Gabhaibh, se so mo chorpasa. **23** Agus ghlac e chailis, 'sa toirt taing thug e dhaibh i; is dh' ol iad uile dhi. **24** Is thuirt e riutha: Si so m' fhuil-sa an tiomnaidh nuaidh a dhoirtear air son morain. **25** Gu deimhinn tha mi ag radh ribh, nach ol mi a so suas de thoradh na fionain, gus an latha sin air an ol mi ur e ann an rioghachd Dhe. **26** 'S nuair

a sheinn iad laoidh, chaidh iad a mach gu sliabh Olibheit. **27** Is thuirt Iosa riutha: Gabhaidh sibh uile sgainneal asam-sa air an oidhche nochd oir tha e sgriobhte: Buailidh mi am buachaille is sgapar na caoraich. **28** Ach an deigh m' aiseirigh gabhaidh mi roimhibh do Ghalile. **29** Ach thuirt Peadar ris: Ged ghabhadh iad uile sgainneal asad, cha ghabh mise. **30** Agus thuirt Iosa ris: Gu deimhinn tha mi ag radh riut, an diugh fhein air an oidhche nochd, mun goir an coileach da uair, gun aicheadh thu mi tri uairean. **31** Ach 'sann an sin bu dana a labhair e: Ged b' fheudar dhomh am bas fhulang maille riut, chan aicheadh mi thu. Agus an ni ciadna thuirt iad uile. **32** Agus thainig iad gu fearann ris an canar Gethsemani. Is thuirt e ri dheisciopuil: Suidhibh an so gus an dian mi urnaigh. **33** Agus thug e leis Peadar, is Seumas, is Eoin; agus bha e fo amhghar agus fo imcheist ro-mhor. **34** Is thuirt e riutha: Tha m' anam bronach gu ruig am bas : fanaibh an so, is dianaibh faire. **35** 'Sa dol ceum air adhart, thuit e air an talamh; is ghuidh e, nam faodadh e bhith, gun rachadh an uair seachad air: **36** Is thuirt e: Abba Athair, tha a h-uile ni nad chomas, cuir a chailis so seachad orm, ach chan e nas aill leamsa, ach nas aill leatsa. **37** Agus thainig e, 'is fhuair e iad 'nan cadal. Is thuirt e ri Peadar: A Shimoin, a bheil thu nad chadal? nach burrainn dhut aon uair a chaithris? **38** Dianaibh faire agus urnaigh, chum nach tuit sibh ann am buaireadh. Tha an spiorad gu dearbh deonach, ach than fheoil lag. **39** 'Sa falbh a rithist rinn e urnaigh, a cantuinn nam briathran ciadna. **40** 'Sa tilleadh, fhuair e rithist iad 'nan cadal (oir bha an suilean trom), agus cha robh fios aca de a chanadh iad ris. **41** Agus thainig e an treas uair, is thuirt e riutha: Caidlibh a nis, agus gabhaibh fois. Foghnaidh sin: th' an uair air tighinn : seall, liubhrar Mac an duine do lamhan pheacach. **42** Eiribh, falbhamaid, seall, tha esan a bhrathas mi faisg. **43** Bha e fhathast a labhairt, nuair thainig Iudas Iscariot fear de na dha dhiag, agus moran sluaigh comhla ris le claidhean, 's le bataichean, bho na h-ard-shagairt, agus na Sgriobhaich, 's na seanairean. **44** Agus bh' am brathadair air comharradh a thoirt dhaibh, ag radh: Ge b' e neach dhan toir mise pog, se sin e, beiribh air, agus thugaibh leibh e gu curamach. **45** 'S nuair a rainig e, ghrad-chaidh e ga ionnsuidh, is thuirt e: Failt ort, a Mhaighistir; agus phog e e. **46** Agus chuir iadsan an lamhan



air, agus chum iad e. **47** Ach tharruinn aon den fheadhainn a bha san lathair a chladheamh, agus bhuail e seirbhiseach an ard-shagairt, agus ghearr e chluas dheth. **48** Agus Iosa a freagairt, thuirt e riutha: An tainig sibh a mach le claidhean 's le bataichean gu mise ghlacadh, mar gum bu mheirleach mi? **49** Bha mi a teagasg san teampull comhla ribh a h-uile latha, agus cha do ghlac sibh mi. Ach 'sann gus na sgrìobhturan a choimhlionadh a tha so. **50** An sin a dheisciopuil ga threignin, theich iad uile. **51** Ach lean duin' og araid e air eideadh le lion-anart thairis air a choluinn ruisgte; agus rinn iad greim air. **52** Ach esan a tilgeadh dheth an lion-anairt, theich e bhuapa ruisgte. **53** Is thug iad leo Iosa, thun an ard-shagairt; agus chruinnich na sagairt uile, agus na Sgrìobhaich, agus na seanairean. **54** Agus lean Peadar e fad as, gu ruig cuirt an ard-shagairt; 's bha e 'na shuidhe maille ris na seirbhisich aig an teine, agus ga gharadh fhein. **55** Agus dh' iarr na h-ard-shagairt, 'sa chomhairle uile, fianais an aghaidh Iosa, gus a chuir gu bas, agus cha d'fhuair iad sin. **56** Oir bha moran a toirt fianaise-breige 'na aghaidh: ach cha robh an teisteanas a cordadh. **57** Agus bha cuid a dh' eirich suas, 'sa thog fianuis-bhreige na aghaidh, ag radh: **58** Chuala sinn e ag radh: Leagaidh mi an teampull so a rinneadh le lamhan, agus an tri latha togaidh mi fear eile nach d' rinneadh le lamhan. **59** Is cha robh an teisteanas acasan a cordadh. **60** Agus an t-ard-shagart ag eirigh nam miadhon, cheasnaich e Iosa, ag radh: Nach toir thu freagairt sam bith air na nithean a tha iad so a cur as do leth? **61** Ach dh' fhan esan na thosd, agus cha tuirt e guth. Agus dh' fharraid an t-ard-shagart dheth rithist, is thuirt e ris: An tu an Chiosda, Mac an De bheannaichte? **62** Is thuirt Iosa ris: Is mi; agus chi sibh Mac an duine 'na shuidhe air deas laimh cumhachd Dhe, 'sa tighinn air neoil nan speur. **63** An sin an t-ard-shagart a stracadh 'eididh, thuirt e: Ciod am feum thagaim tuilleadh air fianuisean? **64** Chuala sibh am blaisbheum: De ur barail? Dh'it iad uile e mar fhear toillteanach air bas. **65** Agus theann cuid ri caitheamh smugaidean air, 's ri comhdach 'aodainn, 's ri bualadh dhorn air, 's ri radh ris: Faisnich; agus bhuail na seirbhisich lem basan e. **66** 'S nuair a bha Peadair gu h-iosal anns a chuir, thainig te de shearbhantan an ard-shagairt; **67** 'S nuair a chunnaic i Peadar ga gharadh fhein, a gabhail

beachd air, thuir i: Bha thusa cuideachd comhla ri Iosa bho Nasareth. **68** Ach dh'aicheadh esan, ag radh: Chan aithne dhomh agus cha mhua tha mi tuigsinn ciod tha thu ag radh. Agus dh'fhalbh e mach gu bialaobh na cuirte, agus ghoir an coiloach. **69** Agus a rithist nuair chunnaic searbhanta e, thoisich i ri innse don fheadhainn a bha nan seasamh mun cuairt: 'Sann dhiu am fear so. **70** Is dh' aicheadh esan a rithist. Agus an ceann tacain, thuir iadsan a bha san lathair a rithist ri Peadar: Sann dhiu thu gu cinnteach: oir is Galileach thu. **71** Ach thoisich esan ri mollachadh 's ri mionnachadh: Chan aithne dhomh an duine so mu bheil sibh a labhairt. **72** Agus anns a cheart uair ghoir an coileach a rithist. Is chuimhnich Peadar air an fhacal, a thuir Iosa ris: Mun goir an coileach da uair, aicheadhaidh thu mi tri uairean. Agus thoisich e air gal.

## 15

**1** Agus cho luath sa bha mhaduinn ann, chuir na h-ard-shagairt, 's na seannairean 's na Sgriobhaich, 'sa chomhairle uile, an comhairle ri cheile, agus cheangail iad Iosa, agus thug iad leo e, agus liubhair iad e do Philat. **2** Is dh' fharraid Pilat dheth: An tu Rìgh nan Iudhach? Agus Iosa a freagairt, thuir e ris: Tha thu ga radh. **3** Agus bha na h-ard-shagairt a cur iomadh cuis as a leth. **4** Is dh' fharraid Pilat a rithist dheth, ag radh: Nach toir thu freagairt sam bith? seall a liuthad ni tha iad a cur nad aghaidh. **5** Ach cha do fhreagair Iosa tuilleadh, air sheol 's gun do ghabh Pilat ioghnadh. **6** A nis air latha na feille b' abhuist dha leigeil mu sgaoil dhaibh aon sam bith dhe na prìosanaich, a dh' iarradh iad. **7** Agus bha fear ann, dham b'ainm Barabbas, a chuireadh am prìosan comhla ri luchd-ceannairc, agus a bha air murt a dhianamh ann an ceannairc. **8** Agus nuair a dhirich an sluagh suas, thosich iad ri iarraidh air, e dheanamh dhaibh mar a chleachd e. **9** Agus fhreagair Pilat iad, 's thuir e: An aill leibh gun leig mi as dhuibh rìgh nan Iudhach? **10** Oir bha fios aige gum b' ann tromh fharmaid a liubhair na h-ard-shagairt seachad e. **11** Ach bhrosnaich na h-ard-shagairt an sluagh, gun leigeadh e Barabbas mu sgaoil dhaibh mar raghainn. **12** Agus fhreagair Pilat a rithist, is thuir e riutha: Ciod ma ta is aill leibh mi

dhianamh ri rìgh nan Iudhach? **13** Ach ghlaodh iad a rithist: Ceus e. **14** Is thuirt Pilat riutha: Ciod an t-olc a rinn e? Ach sann is mua ghlaodh iad: Ceus e. **15** Agus bho na bha Pilat deonach an sluagh a thoileachadh, leig e Barabbas mu sgaoil dhaibh, 's an deigh Iosa sgiursadh, thug e seachad e, gus a cheusadh. **16** Ach thug na saighdearan leo e a stigh gu cuairt an uachdrain, (ris an canar am Praetorium), is ghairm iad am buidheann uile. **17** Agus dh' eid iad e le purpur, 'sa fighe crun dreighinn chuir iad air e. **18** Agus thoisich iad air furan a chur air, ag radh: Failt, a rìgh nan Iudhach. **19** Is bhuaill iad a cheann le cuilc; agus thilg iad smugaidean air, 'sa lubadh an glun, thug iad aoradh dha. **20** Agus an deigh dhaibh magadh air, thug iad dheth am purpur, is chuir iad aodach fhein air, agus thug iad leo e gus a cheusadh. **21** Agus rug iad air fear a bha dol seachad, Simon bho Chirene, athair Alastair agus Rufuis, a bha tighinn as an duthaich, agus thug iad air a chrois a ghiulan. **22** Agus thug iad e gu aite ris an canar Golgotha, se sin air eadar-theangachadh, aite Chalbhari. **23** Agus thug iad dha ri ol fion measgte le mirr; agus cha do ghabh e e. **24** Agus air dhaibh a cheusadh, roinn iad aodach, a tilgeadh chrann air, fiach de a gheibheadh gach aon. **25** Agus bi an treasamh uair a bh' ann, agus cheus iad e. **26** 'S bha chuis-dhitidh sgrìobhte os a chionn: RÌGH NAN IUDHACH. **27** Agus cheus iad da mheirleach comhla ris, fear air a laimh dheis, is fear air a laimh chli. **28** Agus choimhlionadh an sgrìobtur, a tha ag radh: Agus bha e air a mheas am measg nan eucorach. **29** Agus thug iadsan a bha dol seachad toibheum dha, a crathadh an cinn, 's ag radh: O thusa, a leagas an teampull, 'sa thogas e rithist ann an trì latha: **30** Teasraig thu fhein agus thig a nuas bhon chrois. **31** Mar an ciadna bha na h-ard-shagairt a magadh air, agus maille ris na Sgrìobhaich a cantuinn ri cheile: Shabhail e feadhainn eile, e fhein chan urrainn e shabhaladh. **32** Thigeadh Criosda rìgh Israil a nuas a nis bhon chrois, chum gum faic agus gun creid sinn. Is rinn iadsan, a cheusadh maille ris, taire air. **33** 'S nuair a thainig an t-siathamh uair, bha dorchadas air an talamh gus an naoitheamh uair. **34** Agus aig an naoitheamh uair dh' eigh Iosa le guth ard, ag radh: Eloi, Eloi, lamma sabacthani? se sin air eadar-theangachadh: Mo Dhia, mo Dhia, carson a threig thu mi? **35** Agus thuirt cuid den fheadhainn a bha 'nan

seasamh mun cuairt, nuair a chual iad e: Seall, tha e gairm Eliais. **36** Agus ruith fear, 'sa lionadh spuing le fion-geur, s ga cur air cuile thug e dha ri ol ag radh: Leigibh leam, faicemid an tig Elias gus a thoirt a nuas. **37** Agus Iosa ag eigheach le guth ard, thug e suas an anail. **38** Agus sthracadh brat an teampuill na dha leth bho bhraighe gu iochdar. **39** Agus nuair a chunnaic an ceannard-ciad, a bha 'na sheasamh mu choinneamh, gun do dh'eug e ag eigheach mar sin, thuirt e: Gu firinneach b'e an duine so Mac Dhe. **40** Agus bha boirionnaich cuideachd a coimhead air na thachair ach fad as: nam measg bha Mairi Magdalen, agus Mairi mathair Sheumais is lugha is Ioseiph, agus Salome: **41** A lean e nuair a bha e ann an Galile, 'sa fhreasdail air, agus moran bhoirionnach eile, a bh' air direadh gu Ierusalem maille ris. **42** 'S nuair thainig am feasgar, a chionn gum be an t-uidheamachadh a bh' ann, se sin an latha romh 'n t-sabaid, **43** Thainig Ioseiph bho Arimatea, comhairleach urramach, aig an robh suil e fhein ri rioghachd Dhe, is chaidh e stigh gu dana go Pilat, agus dh' iarr e corp Iosa. **44** 'S bha iognadh air Pilat gun robh e cheana marbh. 'Sa gairm a cheannard-chiad, dh' fharraid e dheth an robh e cheana marbh. **45** 'S nuair fhuair e fios bhon cheannard-chiad, thug e an corp do Ioseiph. **46** Agus cheannaich Ioseiph lion-anart, 's ga thoirt a nuas, shuain e san lion-anart e, agus chuir e ann an uaigh e, a bh' air a gearradh as a chraig, agus charaich e clach gu dorus na h-uaighe. **47** 'S bha Mairi Magdalen agus Mairi mathair Ioseiph a gabhail beachd caite an do chuireadh e.

## 16

**1** 'S nuair a chaidh an t-sabaid seachad, cheannaich Mairi Magdalen, is Mairi mathair Sheumais, agus Salome, spiosradh, los gum falbhadh iad gus Iosa ungradh. **2** Agus ro-mhoch sa mhaduinn air a chiad latha den t-seachduin, thainig iad thun na h-uaighe an deigh eirigh na greine. **3** 'S bha iad ag radh ri cheile: Co charaicheas a chlach dhuinn bho bhial na h-uaighe? **4** 'Sa toirt sula, chunnaic iad a chlach air a carachadh air falbh. Oir b' anabarrach mor i. **5** 'Sa dol a stigh dhan uaigh, chunnaic iad fear og na shuidhe air an taobh dheas, an eideadh geal, agus bha sgath orra. **6** Is

thuirt e riutha: Na biodh eagal oirbh: tha sibh a sireadh Iosa bho Nasareth a chaidh a cheusadh: dh' eirich e, chan eil e an so, seallaibh an t-aite far na chuir iad e. **7** Ach falbhaibh, is innsibh dha dheisciopuil, agus do Pheadar, gu bheil e dol roimhibh do Ghalile: chi sibh an sin e, mar thuirt e ribh. **8** 'Sa gabhail a mach, theich iadsan bhon uaigh: oir ghlac eagal is uamhas iad; 's cha tuirt iad ni ri duine sam bith: oir bha sgath orra. **9** Ach esan ag eirigh moch sa mhaduinn air a chiad latha den t-seachduin, chunnacas an toiseach e le Mairi Magdalen, as na chuir e seachd deomhain. **10** Dh' fhalbh ise, agus dh' innis i dhaibhsan a bha air a bhith comhla ris, 's iad a gal sa caoidh. **11** Is iadsan a cluinntinn gun robh e beo, 's gum facas e leatha, cha do chreid iad. **12** 'S an deigh sin dh' fhiach e e fhein an riochd eile do dhithis dhiu, a bha coiseachd a mach don duthaich. **13** Agus dh' fhalbh iadsan, is dh' innis iad do chach: 'S cha mhua chreid iadsan iad. **14** Mu dheireadh chunnacas e leis na h-aon-diag, nuair a bha iad aig bord; agus chronaich e iad air son am mi-chreidimh agus cruas an cridhe: a thaobh nach do chreid iad an fheadhainn a chunnaic e an deigh aiseirigh. **15** Is thuirt e riutha: Falbhaibh feadh an t-saoghail gu leir, agus searmonaichibh an soisgeul dhan h-uile creutair. **16** Esan a chreideas 'sa bhaistear, sabhailear e: ach esan nach creid, theid a dhiteadh. **17** Agus leanaidh na comharran so iadsan a chreideas: Nam ainmse tilgidh iad a mach deomhain: labhraidh iad le teangannan ura; **18** Is togaidh iad nathraichean; agus ma dh' olas iad ni marbhtach sam bith, cha dean e cron orra; cuiridh iad an lamhan air daoine tinn, agus bithidh iad gu math. **19** Agus an deigh don Tighearna Iosa labhairt riutha, thogadh suas e gu neamh, agus tha e 'na shuidhe air laimh dheis Dhe. **20** Agus chaidh iadsan a mach, agus shearmonaich iad anns gach aite, an Tighearna a co-oibreachadh leo, 'sa daingneachadh an fhacail leis na comharran a lean. Amen.